



Plana Gàidhlig

2013-18

Tha am plana seo air a dheasachadh fo Earrann 3 de dh'Àchd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Gus leth-bhreac den phàipear seo iarraidh ann an cruth eile, leithid clò mòr no air pàipear, feuch an cuir thu fios gu 0131 624 6473 no gu post-d equalities@nationalgalleries.org

Facal-toisich

Tha e na thoileachas dhomh am Plana Gàidhlig aig Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba a chur an làthair.

Mar luchd-gleidhidh cruinneachaidhean-ealain na rìoghachd, tha an raon-ùghdarras againn a' sìneadh ri luchd-labhairt na Gàidhlig an-dràsta agus san ùine ri teachd, a bharrachd air ealan lèirsinneach na Gàidhealtachd. A' cumail ri ar misean agus ar sealladh, tha sinn mothachail air an obair a nì sinn a chuireadh ri follaiseachd na Gàidhlig ann an caochladh shuidheachaidhean agus a bhrosnaicheas daoine a rèir sin gus a' Ghàidhlig a chleachdadh agus feadhainn eile a spreagadh gus eòlas a chur air a' chànan. Tha sinn mothachail cuideachd air an tarraing an lùib na Gàidhlig do dhaoine gun Ghàidhlig, an àireamh mhòr de luchd-tadhail à dùthchannan thall thairis nam measg. Tha sinn an dòchas taic a chumail ri rannsachadh agus sgrùdadh chùisean timcheall cànan, cultair, eachdraidh agus dearbh-aithne na Gàidhealtachd tro na cruinneachaidhean againn.

Tha cànan agus cultar na Gàidhlig cho bunaiteach do dh'Alba, mar a tha ri fhaicinn ann an ainmean-àite, ceòl, litreachas agus ealain, agus gu bheil sinn ag iarraidh gu mòr ar cuid fhèin a dhèanamh gus an dìon.

Sir John Leighton, Àrd-stiùiriche

Clàr-innse

1. Fosgladh	4
2. Cùl-fhiosrachadh mu Phlana Gàidhlig GNA	5
2.1 Suidheachadh na Gàidhlig ann an Alba An-diugh	5
2.2 Co-theacsa gus Plana Gàidhlig nan Gailearaidhean a Leasachadh	5
2.3 Sealladh Farsaing air GNA	6
2.4 Cleachdadh na Gàidhlig ann an raon-obrachaidh GNA.	7
2.5 Gàidhlig agus Ealain	8
2.6 Ullachadh An-dràsta	9
2.7 Gàidhlig ann an GNA	10
3. Rùintean Bunaiteach	11
4. Plana-gnìomha Gàidhlig	14
5. Buaidh a Thaobh Poileasaidh air a' Ghàidhlig	21
5.1 Buaidh aig Poileasaidh air Gàidhlig	21
5.2 Sealladh Farsaing air Plana Nàiseanta na Gàidhlig	21
5.3 Rùn mu Amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig	22
6. Cur an Gnìomh is Dearcnachadh	25
6.1 Clàr-ama	25
6.2 Sgaoileadh fiosrachaidh mun Phlana	25
6.3 Ullachaidhean-rianachd gus am Plana a Chur an Gnìomh	25
6.4 Fiosrachadh do dh'éagrachaidhean eile mun Phlana	26
6.5 Goireasan airson a' Phlana	26
6.6 Dearcnachadh Cur an Gnìomh a' Phlana	26
7. Fios thugainn	27
Leasachan: Toraidhean a' Cho-chomhairleachaidh	27
A1. Sgrùdadh-cànain Luchd-obrach Lùnastal 2010	27
A2. Co-chomhairleachadh Poblach – Faoilleach gu Màrt 2011	28

Ìomhaighean

1. Phoebe Anna Traquair, *Phoebe Anna Traquair (Self-portrait)*, Gailearaidh Dealbhan-dhaoine Nàiseanta na h-Alba; 2. Gailearaidh Ealain Nuadhasach Nàiseanta na h-Alba, dealbh le cead bho Chris Watt; 3. John Duncan, *Marjory Kennedy, Mrs A.Y. Fraser*, Gailearaidh Dealbhan-dhaoine Nàiseanta na h-Alba; 4. Blazing with Crimson, Gailearaidh Dealbhan-dhaoine Nàiseanta na h-Alba, dealbh le cead bho Chris Watt; 5. Gailearaidh Nàiseanta na h-Alba, dealbh le cead bho of Chris Watt; 6. William McTaggart, *The Storm*, 1890, Gailearaidh Nàiseanta na h-Alba

1. Fosgladh

Tha Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba (GNA) mothachail gu bheil a' Ghàidhlig mar chuibhreann bunaiteach de dhìleab, de dh'ìomhaigh nàiseanta is de bheatha chultarail na h-Alba agus tha e a' gabhail ris an uallach aige, mar bhuidheann phoblach aig a bheil raon-ùghdarras airson na h-Alba air fad, cleachdadh na Gàidhlig a chur air adhart bho latha gu latha agus barrachd dhaoine a bhrosnachadh gus Gàidhlig a bhruidhinn gach latha. Tha GNA a' cur a thaice ris na h-amasan ann am *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* agus nì e a chuid fhèin gus na structaran is na tionnsgnaidhean a tha a dhìth a chur an sàs a chuidicheas gus a dhèanamh cinnteach gum bi àite seasmhach aig a' Ghàidhlig anns an ùine air thoiseach agus gum faigh i an aon spèis agus a bhios a' Bheurla a' faighinn.

Tha suidheachadh na Gàidhlig gu math cugallach agus ma thathar gus beatha às ùr a thoirt don Ghàidhlig mar chànan beò ann an Alba, chan fhuilear oidhirp mhòr leis an riaghaltas, leis na roinnean poblach is prìobhaideach, le buidhnean sna coimhearsnachdan agus le luchd-labhairt fa leth gus:

- inbhe na Gàidhlig a leasachadh
- togail is ionnsachadh na Gàidhlig a chur air adhart
- barrachd cleachdaidh den Gàidhlig a bhrosnachadh

Is e a tha san sgrìobhainn seo am Plana Gàidhlig aig GNA, air a chur ri chèile fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' sealltainn mar a chleachdas sinn a' Ghàidhlig nar cuid obrach, mar a bheir sinn seachad an cothrom a' Ghàidhlig a chleachdadh ann an conaltradh ris a' phoball is an fheadhainn leis am bi sinn ag obair agus mar a nì sinn a' Ghàidhlig a chur air adhart is a leasachadh.



2. Cùl-fhiosrachadh mu Phlana Gàidhlig GNA

2.1 Suidheachadh na Gàidhlig ann an Alba An-diugh

A dh'aindeoin cò theireadh e, tha beatha is cleachdadh na Gàidhlig sgapte air feadh na h-Alba, agus chan eil i dìreach ga gleidheadh anns a' Ghàidhealtachd is sna h-Eileanan. Tha Gàidhlig, a tha na cànan Ceilteach, mar aon de chànanan nàiseanta na h-Alba agus tha fianais làidir ann gu bheil an cànan a' dol air ais co-dhiù dhan t-Siathamh Linn AD. Gu h-eachdraidheil, bhathar a' cleachdadh na Gàidhlig air feadh na h-Alba gu lèir, aig an ìre as motha san 12mh is 13mh linn. Tha na h-ainmean-àite Gàidhlig a thathar a' cleachdadh fhathast air feadh na h-Alba a' nochdadh cho mòr agus a sgap luchd-labhairt na Gàidhlig agus an cànan aca air feadh na h-Alba, mar eisimpleir *Balerno (Baile Àirneach)* agus *Craigentinn* (*Creag an t-Sionnaich*).

Ged a tha àiteachan ann far a bheil cleachdadh na Gàidhlig làidir fhathast, tha e air crìonadh cho mòr sin ann an àiteachan eile is gu bheil mòran den bheachd nach eil beatha no feum idir innte.

Ann an cunntas-sluaigh 2001¹, bha 92,400 neach (1.9% de shluagh na h-Alba) comasach air Gàidhlig a thuigsinn, le 58,652 de luchd-labhairt ann (1.2%). Nochd toraidhean a' chunntais seo crìonadh fhathast air an ìre de mhuintir na h-Alba a bhruidhneadh, a leughadh no a sgrìobhadh Gàidhlig. A dh'aindeoin sin, thàinig àrdachadh air an ìre a bhruidhneadh, a leughadh agus a sgrìobhadh Gàidhlig, rud a leig am follais ionnsachadh aig ìre gu math àrd. Cuideachd, ged a chaidh ìre an luchd-labhairt sìos eadar 1991 agus 2001, chaidh an ìre a leughadh agus/no a sgrìobhadh Gàidhlig suas. Bha an t-àrdachadh seo comharraichte anns a' 'Chuid Eile de dh-Alba', is e sin an raon sa bheil Dùn Èideann ach cuideachd Sealtainn, Arcaibh, an Ceann an Ear-thuath, Taobh Loch Tatha, Glaschu, Meadhan na h-Alba, Lodainn, na Crìochan agus Dùn Phris is Gall-Ghàidhealaibh. Tha seo a' cuideachadh gus àireamhan luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig air feadh na h-Alba agus sna sgìrean sin gu sònraichte a leigeil am follais. 'S ann sna sgìrean seo cuideachd a tha an ìre as àirde de dhaoine a thuigeas Gàidhlig ga labhairt ach nach eil ga bruidhinn, ga leughadh no ga sgrìobhadh.

A-mach à luchd-labhairt na Gàidhlig a chaidh a chomharrachadh ann an Cunntas-sluaigh 2001, bha rud beag a bharrachd air an dara cuid a' fuireach ann

an sgìrean fo sgèith Chomhairle na Gàidhealtachd, Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid agus Chomhairle nan Eilean Siar, leis a' chòrr sgapte air feadh na h-Alba. Bu chòir ainmeachadh gu bheil pobaill mhòra Ghàidhlig a' fuireach anns na bailtean mòra, nam measg Glaschu far a bheil 19% de luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach, Inbhir Nis, Obar Dheathain agus Dùn Èideann.

Bheir toraidhean cunntas-sluaigh 2011 dealbh ùraichte den àite a tha aig a' Ghàidhlig ann an Alba an-diugh nuair a thèid fhoillseachadh ann an 2013. Tha Gàidhlig an-diugh na cuid de chultar saidhbhir farsaing de h-Alba, air am bi daoine à iomadach dùthaich agus cinneadh a' bualadh agus iad a' fuireach, ag obair no a' tadhal ann an Alba. 'S ann san t-suidheachadh fharsaing seo a bu chòir àite na Gàidhlig a chuideachadh agus àrach.

2.2 Co-theacsa gus Plana Gàidhlig nan Gailearaidhean a Leasachadh

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus sgaoileadh fios

Ghabhadh ri Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 gus inbhe na Gàidhlig mar chànan oifigeil ann an Alba, leis an aon urram agus a tha aig a' Bheurla, a dhaingneachadh.

Aonan de na nithean as cudromaiche ann an Achd 2005, 's e an t-ullachadh gum faod Bòrd na Gàidhlig iarraidh air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig a chur ri chèile. Chaidh an t-ullachadh seo a chur ann gus a dhèanamh cinnteach gun dèan an roinn phoblach ann an Alba oidhirp gus an seas a' Ghàidhlig, le bhith a' togail na h-inbhe is na h-ìomhaigh aice agus a' cruthachadh chothroman gus a bhith ga cleachdadh.

Mar bhuidheann-phoblach aig a bheil raon-ùghdarras nàiseanta, tha GNA air a bhith air a mheas leis a' Bhòrd a bhith comasach air cuideachadh gus na tàbhachdan ann am *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* a chur an gnìomh agus cleachdadh na Gàidhlig a leasachadh, le luchd-labhairt Gàidhlig uile na h-Alba an-dràsta agus san ùine air thoiseach a' fuireach san raon-obrachaidh againn. Mar sin, fhuair GNA fios Plana Gàidhlig a chur ri chèile air 5 Cèitean 2010, ri bhith air a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig ro 31 Cèitean 2011. An dèidh a' cho-chomhairleachaidh phoblaich, chaidh aontachadh an ceann-latha seo a shineadh gu 30 Samhain 2011.

¹ Tha am fiosrachadh air fad air a thoirt à *Cunntas-sluaigh na h-Alba 2001: Aithisg Ghàidhlig* <http://www.gro-scotland.gov.uk/files1/stats/gaelic-rep-english-commentary.pdf> le Ard-neach-clàraidh na h-Alba 14 Dàmhair 2010

Ullachadh Plana Gàidhlig airson GNA

Thathar air Plana Gàidhlig GNA a chur ri chèile a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005, le mothachadh air *Plana Nàiseanta na Gàidhlig*, an dealbh-gnìomha *Ginealach Ùr na Gàidhlig* agus an *Stiùireadh mu Leasachadh Planaichean Gàidhlig*. Tha am Plana Corporra airson 2013-18 againn air buaidh a thoirt air a' phlana seo cuideachd.

Fo Achd 2005, feumaidh buidhnean poblach ullachadh a' Phlana Ghàidhlig aca a thoirt gu aire nam buidhnean uile aig a bheil ùidh sa chùis. Tha toraidhean an sgrùdaidh air comas-cànain an luchd-obrach a chaidh a tharraing a-mach gus an ìre den luchd-obrach aig a bheil Gàidhlig no ùidh sa Ghàidhlig fhaighinn a-mach air buaidh a thoirt air leasachadh a' phlana seo cuideachd. Chaidh co-chomhairleachadh poblach a chumail eadar Diluain 24 Faoilleach 2011 agus Dihaoine 18 Màrt 2011 a dh'iarraidh bheachdan a bheil am plana comasach agus iomchaidh agus an toir e a-mach feumalachdan luchd-cleachdaidh na Gàidhlig againn. Thathar air am Plana againn a sgrìobhadh às ùr gus na beachdan a fhuair a' ri linn a' cho-chomhairleachaidh a chur san àireamh. Tha am Plana againn a' toirt aire do na freagairtean a fhuarar sa cho-chomhairleachadh. Tha giorrachadh air na beachdan a fhuair a' ri fhaotainn mar Leasachan 1 ris a' Phlana seo.

Gabhail ri Plana Gàidhlig GNA

Thug Bòrd na Gàidhlig aonta do Phlana Gàidhlig GNA air 5 Màrt 2013.

2.3 Sealladh Farsaing air GNA

Cùl-fhiosrachadh

Tha Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba air an dèanamh suas le còig gailearaidhean ann an Dùn Èideann agus dà ghailearaidh ann an com-pàirteachas ann an Ceann a Tuath agus Ceann a Deas na h-Alba. Tha na cruinneachaidhean-ealain againn air an fheadhainn as fheàrr san t-saoghal, le farsaingeachd de dh'éalain Albannach agus eadar-nàiseanta bhon 13mh linn chun an latha an-diugh.

Tha na cruinneachaidhean air taisbeanadh don phoball anns na h-ionadan a leanas:

- Gailearaidh Nàiseanta na h-Alba aig an Tom (bho 1859)
- Gailearaidh Dealbhan-dhaoine Nàiseanta na h-Alba air Sràid na Banrigh (bho 1882)
- Gailearaidh Ealain Nuadhasach Nàiseanta na h-Alba air rathad Bhelford (Fear a h-Aon bho 1961 agus Fear a Dhà bho 1999)

Aig Weston Link a tha na cheangal eadar Gailearaidh Nàiseanta na h-Alba agus Acadamaidh Rìoghail na h-Alba, far a bheil goireasan luchd-tadhail leithid taigh-bidhe, talla-òraidean agus bùth cho math ri ionad-foghlaim barraichte.

Is iad an dà ghailearaidh ann an com-pàirteachas far a bheil nithean a-mach às a' chruinneachadh aige:

- Taigh Phaxton, Siorrachd Bhearbhaig (bho 1993)
- Taigh MhicDhuibh, Siorrachd Bhainbh (bho 1995)

Is e prìomh àite a' ghnìomhachais againn 73 Rathad Bhelford, Dùn Èideann, EH4 3DS. Tha GNA a' fastadh mu 240 neach-obrach stèidhichte an-dràsta.

Rùn GNA

Tha Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba a' gleidheadh, a' leasachadh, a' rannsachadh agus a' taisbeanadh a' chruinneachaidh nàiseanta de dh'éalain Albannach agus eadar-nàiseanta, le clàr de ghnìomhan, de thaisbeanaidhean, de dh'fhoghlam agus de dh'fhoillseachaidhean a tha beothail is tionnsgalach, ag amas air cothrom dol an sàs, fiosrachadh a thoirt don phoball as fharsainghe agus a spreagadh.

A bharrachd air a bhith a' gleidheadh agus a' taisbeanadh a' chruinneachaidh sheasmhaich againn de dh'éalain aig na gailearaidhean againn ann an Dùn Èideann, tha clàr coileanta de thaisbeanaidhean sealach ga chumail againn cho math ri toirt air iasad saothrach a bhios ga sgaoileadh air turas do thaighean-tasgaidh is do ghailearaidhean eile. Tha seo ann an co-bhonn ris a' chlàr chliùiteach Foghlaim againn a' cur air chomas gum bi cothrom nas fheàrr air a' chruinneachadh againn aig ìre ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta.

Sealladh GNA

- A bhith na institiùid eadar-nàiseanta dàna a spreagas moit, dìlseachd agus spèis.
- Faireachdainn mu shealbhachadh a tharraing agus cur ri cothrom agus com-pàirteachas leis a' phoball ann an Alba, san Rìoghachd Aonaichte agus thall thairis.
- A bhith na eagrachadh far a bheil tlachd, cruthachalachd agus ionnsachadh aig a chridhe.

Tàbhachdan GNA

Tha GNA a' cur a thaise ri amasan an Riaghaltais tro na bhios e a' cur ri foghlam, le bhith a' leasachadh tionnsgalachd is cruthachalachd ann an Alba agus tro neartachadh ìomhaigh chultarail na dùthcha.

Tha tàbhachdan GNA taobh ris na poileasaidhean is

na ro-innleachdan farsaing aig Riaghaltas na h-Alba. Is iad na tàbhachdan airson GNA mar a nochdar ann am Plan Corporra 2013-18:

- Prògraman, seirbheisean is gnìomhachd aig àrd-ìre san t-saoghal a libhrigeadh, air am bonntachadh air cruinneachadh seasmhach ealain fìor-mhath agus prògram sealach thaisbeanaidhean.
- A dhol an sàs le luchd-èisteachd nas fharsainge le bhith a' brosnachadh com-pàirt agus a' solarachadh agus a' brosnachadh chothroman ionnsachaidh.
- A bhith na bhuidheann seasmhach is èifeachdach.

Riaghladh agus Stiùireadh

Is e buidheann phoblach nach buin ri roinn seach roinn a tha ann an Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba is i ga maoinachadh air a' chuid as motha le Riaghaltas na h-Alba agus ga stiùireadh às a leth le Bòrd Urrasairean, a chuireas am Ministear ri Cultar agus Cùisean A-muigh ann an dreuchd. Tha GNA ag obair fo fhrèam teann a thaobh reachdais is riaghlaidh air a bhonntachadh air Achd Dualchais Nàiseanta (Alba) 1985 agus Achd Tasgadh Charthannas agus Urrasairean (Alba) 2005.

Mar a chaidh ullachadh le Achd Dualchais Nàiseanta (Alba) 1985, is iad prìomh ghniomhan a' Bhùird:

- na nithean anns na cruinneachaidhean aca a ghleidheadh agus a chumail agus cur riutha;
- dèanamh cinnteach gun tèid na nithean a thaisbeanadh don phoball;
- dèanamh cinnteach gum bi cothrom air na nithean aig daoine gus an sgrùdadh ann an ceangal ri rannsachadh; agus anns an fharsaingeachd cur ri tlachd agus tuigse a' phobail air an Ealain tro chruinneachaidhean a' Bhùird agus tro mhodhan sam bith eile a tha iomchaidh nam beachd;
- airson nan cuspairean sin, foghlam, teagasg agus comhairle a thoirt seachad agus rannsachadh a dhèanamh.

Tha suas ri 12 de dh'Urrasairean air a' Bhòrd a chuireas am Ministear an dreuchd agus a chumas coinneamh a h-uile dà mhios. Tha Urrasairean gam fastadh le Riaghaltas na h-Alba tro rian fosgailte a thaobh cur-an-dreuchd. Tha stiùireadh-obrachaidh GNA ga thiomnadh le Bòrd nan Urrasairean don Àrd-neach-stiùiridh is don sgioba-stiùiridh aige. Bidh an t-Àrd-neach-stiùiridh ag aithisg gu dìreach dhan Bhòrd.

Buidseat

Tha cosgaisean-rianachd nan gailearaidhean, caiteachas calpach agus cosgais an lùib cur ri cruinneachaidhean a' tighinn bho thabhartas-taice

bho Mhinistearan na h-Alba air a leudachadh le tabhartasan eile agus bho theachd-a-steach a gheibh sinn fhèin. B' e an tabhartas-taice bho Riaghaltas na h-Alba ann an 2013/14 £11.935 millean mar chosgaisean-rianachd agus £300 mìle a bharrachd airson cosgaisean calpa, saothair-ealain a cheannach nam measg.

2.4 Cleachdadh na Gàidhlig ann an raon-obrachaidh GNA.

Mar bhuidheann phoblach nàiseanta, tha luchd-labhairt is coimhearsnachdan uile na Gàidhlig an taobh a-staigh raon-obrach aig GNA. Mar thoradh air sin tha na sgìrean air fad ann an Alba sa bheil Gàidhlig mar an cànan aig a' mhòr-chuid fo sgèith clàr agus obrachadh GNA.

Dùn Èideann

Tha 1.4% de shluagh Dhùn Èideann, far a bheil prìomh thogalaichean nan gailearaidhean stèidhichte, aig a bheil tuigse air choreigin air a' Ghàidhlig a rèir cunntas-sluaigh 2001². A-mach às an 6,022 neach seo, tha mu 4,000 den fheadhainn os cionn aois 3 a leughas, a sgrìobhas agus/no a bhruidhneas Gàidhlig.

Tha àite aig cuid mhath de dh'èagrachaidhean Gàidhlig nàiseanta na h-Alba (fiosrachadh gu h-iseal) sa bhaile le bhith ag obair le agus a' cur taice ri buidhnean stèidhichte ann an Dùn Èideann agus a' libhrigeadh chlasaichean is an leithid. Is e a tha ann an Com-pàirteachas Gàidhlig Dhùn Èideann buidheann air a dèanamh suas le buidhnean san roinn phoblaich, buidhnean-coimhearsnachd is daoine fa leth gus gnothaichean Gàidhlig a chur air adhart ann an Dùn Èideann. Tha barrachd fiosrachaidh mun Chom-pàirteachas ri fhaotainn an seo: <http://www.gaelic-edinburgh.net/EGP.html#WhoWeAre>. Tha club Gàidhlig ann an Dùn Èideann cuideachd, air a bheil Bothan <http://www.gaelic-edinburgh.net/Bothan.html>, agus e na bhall de Chom-pàirteachas na Gàidhlig. Gheibhear fiosrachadh mu na tachartasan aig Bothan agus tachartasan Gàidhlig eile ann an Dùn Èideann agus mun cuairt a' bhaile an-seo: <http://www.gaelic-edinburgh.net/CommunityEvents.html>.

Alba

'S ann tro na clàran-siubhail is foghlaim againn a bhios GNA a' libhrigeadh nan seirbheisean gu dìreach gu sluagh na h-Alba san fharsaingeachd agus luchd-labhairt na Gàidhlig mar chuid dheth. Tha a h-uile h-eagrachadh Gàidhlig a tha stèidhichte ann an Alba an taobh a-staigh raon-ùghdarras GNA gun teagamh. Nam measg seo tha Bòrd na Gàidhlig ann an Inbhir

² Tha am fiosrachadh air fad air a thoirt à *Cunntas-sluaigh na h-Alba 2011: Aithisg Ghàidhlig* <http://www.gro-scotland.gov.uk/files1/stats/gaelic-rep-english-commentary.pdf> le Àrd-neach-clàraidh na h-Alba 14 Dàmhair 2010

Nis, Am Mòd, Fèisean nan Gàidheal, Sabhal Mòr Ostaig anns an Eilean Sgitheanach agus An Comunn Gàidhealach, cuideachd ann an Inbhir Nis. Gheibhear fios mu eagrachaidhean Gàidhlig eile air feadh na h-Alba an seo: <http://www.scotland.gov.uk/Topics/ArtsCultureSport/arts/gaelic/gaelic-english/Gaelic-Bodies> Air làrach-lìn a' Chomuinn Ghàidhealaich <http://www.acgmod.org> gheibhear fiosrachadh mu Mhòdan ionadail is nàiseanta a bharrachd air tachartasan Gàidhlig eile air feadh na h-Alba. Tha Fèisean nan Gàidheal os cionn fèisean teagaisg nan ealain Ghàidhlig agus air an làrach-lìn acasan gheibhear fiosrachadh mu ghrunn thachartasan eadar-dhealaichte ris am bheil iad a' toirt taic air feadh na h-Alba.

O chionn beagan bhliadhnaichean, tha clàr-siubhail nan Gailearaidhean air taisbeanaidhean a shealltainn ann an iomadh ceàrn ann an Alba, nam measg Steòrnabhagh, Arcaibh, Inbhir Nis, Cille Mhearnaig, Glaschu, Obar Dheathain agus Peairt.

Bidh Roinn Foghlam GNA gu cunbhalach a' libhrigeadh ghnìomhachdan air feadh na h-Alba. Ghabh timcheall air 5000 neach pàirt anns a' ghnìomhachd-coimhearsnachd is taobh a-muigh againn ann an 2011-12 a thug a-steach pròiseact "*Silver City Soul*" ann an Obar Dheathain. Bha taisbeanadh ann mar thoradh air a' phròiseact seo agus thàladh sin 31,000 neach-tadhal. Ann an 2012, is e *Nation/Live* ar prìomh iomairt coimhearsnachd, a thòisich o chionn ghoirid ann am Bruach Chluaidh agus a bhios a' sealltainn air sgìrean eile air feadh na h-Alba thairis air a' bhliadhna ri teachd. Tha am prògram-foghlaim "*The ARTIST ROOMS*" air na mìltean de luchd-ionnsachaidh a thàladh gus pàirt a gabhail anns na tachartasan air feadh na dùthcha. Bidh an fharpais bhliadhnail "*Inspired? Get Writing*" agus farpaisean-sgoile cuideachd a' cumail dhaoine an sàs air feadh na dùthcha.

Foghlam Gàidhlig

Air feadh na h-Alba, tha Foghlam Tro Mheadhan na Gàidhlig (FTMG) a' sior fhaighinn aitheantais. Ann an 2011-12:

- Chlàraich 730 de chloinn airson foghlam Gàidhlig ron sgoil
- Bha 2,418 de chlann-sgoile ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig anns a' bhun-sgoil
- Bha 1,104 de chlann-sgoile ri Gàidhlig (fileantaich) anns an àrd-sgoil
- Bha còrr air 400 de chlann-sgoile ri cuspairean eile tro mheadhan na Gàidhlig anns an àrd-sgoil
- Bha 2,643 de chlann-sgoile ag ionnsachadh Gàidhlig anns an àrd-sgoil

Ann an Dùn Èideann, tha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig an-dràsta ga thoirt seachad aig Bun-sgoil is Sgoil-àraich Chrois na Cise. Tha teagasg do dh'fhileantaich anns an àrd-sgoil ga thoirt seachad aig Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbaig. An-dràsta tha 70 de chloinn sna bliadhnaichean ron sgoil aig sgoil-àraich Ghàidhlig agus 128 ann am buidhnean Gàidhlig 'ro aois a trì'. Tha 183 sgoilear ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig sa bhun-sgoil agus timcheall air 50 sgoilear a' sgrùdadh Gàidhlig do dh'fhileantaich aig ìre àrd-sgoile. Cuideachd, tha prògram *Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig sa Bhun-Sgoil* a' ruith ann an sia sgoiltean sa bhaile agus tha còrr air 400 sgoilear gach bliadhna a' faighinn teagaisg ann an cànan is cultar na Gàidhlig ann am Bun-sgoil 5³.

Fosglaidh bun-sgoil ùr Gàidhlig, Bun-sgoil Thaobh na Pàirce, ann an Dùn Èideann san Lùnastal 2013 gus coinneachadh ri barrachd iarrtais airson Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig sa bhaile. Bidh an sgoil seo an àite an Aonad tro mheadhan na Gàidhlig a tha an-dràsta am broinn Bun-sgoil Chrois na Cise, a chaidh a stèidheachadh ann an 1982.

Gheibhear cùrsaichean foghlaim adhartach is àrd-ìre cuideachd sa bhaile. Tha na cùrsaichean a thathar a' tairgse leis a' chomhairle, le Colaiste Thelford agus le Oilthigh Dhùn Èideann a' gabhail gnothaich ri gach ìre de dh'ionnsachadh, agus iad a' dol bho fhoghlam air astar gu rannsachadh for-cheuma. Sa còrr de dh'Alba tha grunn chùrsaichean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig aig colaistean is oilthighean, nam measg cùrsaichean a thathas a' teagasg gu tur tro mheadhan na Gàidhlig, leithid an fheadhainn a gheibhear aig Sabhal Mòr Ostaig san Eilean Sgitheanach agus Colaiste Caisteal Leòdhais ann an Leòdhas. A bharrachd air an sin tha grunn chùrsaichean fèin-ionnsachaidh agus roghainnean ionnsachaidh aig astar rim faighinn airson inbhich, a bharrachd air grunn chlasaichean Gàidhlig a tha gan ruith ann an coimhearsnachdan ionadail. Tha an làrach-lìn www.learn-gaelic.net na goireas fìor-mhath do dhuine sam bith a tha airson Gàidhlig ionnsachadh, agus fiosrachadh oirre mu chùrsaichean air feadh na h-Alba agus air-loidhne. Tha làrach-lìn Clì Gàidhlig www.cli.org.uk na ghoireas feumail eile mu bhith ag ionnsachadh Gàidhlig.

2.5 Gàidhlig agus Ealain

Tha GNA mothachail air a' chàirdeas eadar cànan, dualchas agus cultar na Gàidhlig agus an ealain lèirsinneach agus air an àite a dh'fhaodadh a bhith aige mar ghailearaidh a bharrachd air dìreach mar bhuidheann phoblach gus cleachdadh na Gàidhlig ann an Alba a chuideachadh agus a chur air adhart. Tha ar plana-gnìomh gu h-ìseal a' nochdadh an dà dhleastanas sin dom faodadh GNA taic a thoirt.

Ann an Ògmhios 2010, chaidh co-labhairt a chumail fad trì latha aig Gailearaidh Nàiseanta na h-Alba ann an Dùn Èideann air an robh an t-ainm dà-chànanach “*State of the Art: Visual Tradition and Innovation in the Highlands and Islands of Scotland/ Staid Nan Ealain: Leanailteachd Agus Ùrachadh Lèirsinneach Air Gàidhealtachd na h-Alba*”, le Murchadh Dòmhnallach, Àrd-ollamh Ealain na h-Alba aig Oilthigh Dhùn Deagh agus le taic bho GNA. Rinn a’ cho-labhairt sgrùdadh air ealain lèirsinneach na Gàidhealtachd agus chaidh beachdachadh air mar a b’ urrainn togail air comas cultarail gus eachdraidh ealain aitheachadh air a’ Ghàidhealtachd, airson gun toireadh luchd-labhairt na Gàidhlig agus iadsan aig nach eil an cànan urram do na chaidh a chur ri cultar na h-Alba.

Aig a’ cho-labhairt chualas bho Mhicheal Russell BPA agus bho iomadh neach cliùiteach eile a chuireas taic ris a’ Ghàidhlig agus ris na h-ealainean. Bha cuid de na taisbeanaidhean anns a’ Ghàidhlig agus bha gairm ann gun rachadh GNA ainmeachadh mar Ghaisgich Ghàidhlig. Bha a’ cho-labhairt mar thoradh air pròiseact “*Window to the West: Towards a Redefinition of the Visual within Gaelic Scotland*”, co-obrachadh a bha eadar Ionad Sgrùdaidh Lèirsinneach aig Colaiste Ealain is Dealbhaidh Duncan of Jordanstone aig Oilthigh Dhùn Deagh, agus Sabhal Mòr Ostaig, agus b’ e an t-Àrd-ollamh Dòmhnallach am prìomh neach-sgrùdaidh. Chaidh am pròiseact a mhaoineachadh le Comhairle Sgrùdaidh Daonna is Ealain.

2.6 Ullachadh An-dràsta

‘S ann air bunait *ad hoc* a tha seirbheisean is fiosrachadh gan toirt seachad ann an Gàidhlig an taobh a-staigh GNA an-dràsta. Chan eil seo a’ fàgail nach eilear air oidhirp sam bith a dhèanamh ge-tà. Is e aon de na prìomh oidhirpean a rinn GNA airson ealain is cànan na Gàidhlig a bhrosnachadh, an taisbeanadh de choimisean le Calum Colvin leis an ainm *Ossian: Fragments of Ancient Poetry*. Anns an taisbeanadh seo bha sreath de dhealbhan a fhuair spionnadh bho ‘eadar-theangachadh’ Sheumais Mhic a’ Phearsain air Ossian agus a rannsaich tèamachan aithne nàiseanta is cultar, a bharrachd air ùr-sgeul is firinn. Chaidh an obair a thaisbeanadh aig Gailearaidh Dealbhan-dhaoine Nàiseanta na h-Alba ann an 2002 mus deach e air turas air feadh na Gàidhealtachd. Chaidh leabhar dà-chànanach Beurla/Gàidhlig fhoillseachadh airson an taisbeanaidh seo, a’ chiad uair a rinn GNA seo, agus chaidh prìomh phròiseact foghlaim timcheall na Gàidhealtachd an cois an taisbeanaidh. Anns an Eilean Sgitheanach bha fèill air dòigh-dèiligidh Ghàidhlig ris an tionnsgnadh agus dh’obraich GNA leis an oifigear-fhoghlaim aig An Tuireann gus an tionnsgnadh a ruith

ann an Gàidhlig agus chaidh dealbhadair Gàidhlig a chur an sàs gus a’ bhuidheann a stiùireadh ann an Gàidhlig. Ann an 2005, chaidh co-labhairt eadar-nàiseanta leis an t-ainm “*Ossian Then and Now*” a chumail ann am Paris gus a bhith còmhla ri fosgladh taisbeanadh Colvin ann an togalach UNESCO. B’ e aon den luchd-labhairt an sgrìobhadair Gàidhlig Aonghas Pàdraig Caimbeul, a’ dearbhadh raon-ùghdarras nan ealain lèirsinneach mar thoiseach-tòiseachaidh airson a bhith a’ beachdachadh agus a’ rannsachadh cànan na Gàidhlig agus nan cuspairean a tha co-cheangailte rithe.

Chaidh taisbeanadh eile *Fonn ‘s Dùthchas – Land and Legacy*, a leasachadh ann an co-bhonn ri prògram *Gàidhealtachd 2007*, air a chur ri chèile le GNA, Taighean-tasgaidh na h-Alba agus Leabharlann Nàiseanta na h-Alba. Agus e air a mhaoineachadh gu h-ìomlan le Riaghaltas na h-Alba, chomharraich an taisbeanadh-siubhail seo dùthchas is cruthachalachd saoghal nan Gàidheal agus thàinig às foillseachadh grinn gach cuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.

Ann an 2008, shiubhail an taisbeanadh *Maternity* gu Inbhir Nis is bha bileagan is postairean Gàidhlig is Beurla na chois.

A thaobh solarachaidh aig na prìomh ghailearaidhean ann an Dùn Èideann, anns na beagan bhliadhnaichean a dh’fhalbh tha roinn an Fhoghlaim air a’ aigheachd a thoirt do bhùthan-obrach bliadhnaile do chlann-sgoile aig a bheil a’ Ghàidhlig, agus thathas an dòchas sin a leantainn agus a leasachadh, ma bhios na goireasan rim faotainn.

Ann an obair *Portrait of the Nation* a thug atharrachadh às ùr air Gailearaidh Dealbhan-dhaoine Nàiseanta na h-Alba tha Poileasaidh Gàidhlig air a chur an gnìomh mar-thà. Tha seo a’ feuchainn ri dèanamh cinnteach nuair a tha e iomchaidh agus ann an suidheachaidhean sònraichte gun cleachdadh a’ Ghàidhlig mar thaic ri mìneachadh Beurla seach na thionndadh facal air an fhacal. Leigidh an càirdeas a tha a’ fàs le Sabhal Mòr Ostaig leinn saothair anns a’ chruinneachadh againn a tha buntainn ri cultar nan Gàidheal a chomharrachadh agus tron mhìneachadh a nì sinn air seo, deasbad Gàidhlig a bhrosnachadh agus ùidh a thogail am measg dhaoine aig a bheil agus aig nach eil an cànan. Agus am fios bunaiteach ann am *Portrait of a Nation* mar a tha e, tha seo na chothrom dha-rìribh a’ Ghàidhlig a chleachdadh gus luach a chur ris na cruinneachaidhean is ris an obair-mhìneachaidh againn, rud a nochdas an t-àite bunaiteach a tha aice ann an eachdraidh, coluadar is cultar na Gàidhlig. Taobh a-staigh nan ciad taisbeanaidhean, thathas a’ cleachdadh ainmean teaghlach Gàidhlig airson luchd-ealain na Gàidhlig

no luchd-suidhe agus tha an cànan ri fhaicinn gu soilleir anns an taisbeanadh “*Blazing with Crimson*”. Bidh Tionnsgnadh mòr air a’ Bhlàr-a-muigh air a bheil *Faces and Places/Aodannan agus Àiteachan* an cois na h-obrach seo, a chruinnicheas eisimpleirean de dh’Albais, de Ghàidhlig agus de dh’Urdu agus iomadh dual-chainnt eile à Alba gu lèir agus a bheir còmhla ann an obair-ealain iad.

Is e *Nation//Live* a’ ciad prìomh iomairt coimhearsnachd aig Gailearaidh Dealbhan Nàiseanta na h-Alba. Tha GNA ag obair le coimhearsnachdan agus com-pàirtichean ionadail ann an ceithir sgìrean taghte an Alba a bharrachd air a bhith air feadh na dùthcha gus a bhith a’ ceangal gaisgich ionadail, caractaran agus tachartasan ri obraichean aig cruinneachaidhean Gailearaidh nan Dealbhan tro choinneachadh eadar na dh’fhalbh is na th’ ann an-dràsta, aig ìrean nàiseanta is ionadail. Cruthaichidh luchd com-pàirt obair-ealain a’ riochdachadh phrìomh amannan eachdraidheil a tha iomchaidh don sgìre aca, a thèid aonachadh tro obair-ealain bhideo co-aimsireil aig Gailearaidh nan Dealbhan ann an 2013. Bidh seo a’ riochdachadh sealladh dràmach de sgeulachd na h-Alba mar a bhithear ga mhineachadh len coimhearsnachdan an-diugh. Tha dhà de na pròiseactan gu sònraichte iomchaidh do chultar is eachdraidh na Gàidhlig: Bheir *Creideamh* cothrom dha daoine òga san Eilean Sgitheanach raointean co-cheangailte ri Naomh Calum Chille a sgrùdadh, agus mar a dh’iompaich e na Cruithnich dhan chreideamh Chrìosdail agus gus beachdachadh am biodh e comasach do ghluasad-creideimh coltach ri seo tachairt an-diugh; Bheir *Freumhan* cruinneachadh de dh’òrain le in-imrich na h-Alba ri chèile, a’ clàradh ìomhaighean de cheòl dùthchail agus luchd-ciùil ann an cruinneachadh Gailearaidh nan Dealbhan, a bharrachd air a bhith a’ cleachdadh stuthan eile, leithid laoidhean ann an dualchas Gàidhlig nan eileanan, gus an luchd com-pàirt a bhrosnachadh.

Mar chuid de thionnsgnadh nan ARTIST ROOMS, tha GNA a’ tòiseachadh air a bhith ag obair le eagrachaidhean leithid An Lanntair ann an Steòrnabhagh nuair a bhios taisbeanaidhean-siubhail às a’ chruinneachadh seo gan dealbhadh. Bu chòir anns am planaichean san ùine romhainn beachd a ghabhail air mar a ghabhas feumalachdan ionadail a thaobh Gàidhlig toirt a-mach.

A thaobh cruinneachaidhean GNA, tha grunn phrìomh obraichean againn a tha a’ riochdachadh cuid de eachdraidh, cultar, sealladh-tìre agus fèin-aithne na

Gàidhealtachd. Nam measg tha eisimpleirean bhon phròiseact ealain co-aimsireil *Ring Net* le Uilleam MacIlleathain, mòran de dh’obraichean le Uilleam Mac an t-Sagairt, dealbhan le Naomi Mitchison, Marjory Kennedy Fraser agus Somhairle MacGill-Eain, agus seallaidhean-tìre leithid 1 le Waller Hugh Paton.

Ann an àiteachan eile, tha Gàidhlig air an làrach-lìn againn www.nationalgalleries.org far a bheil fiosrachadh do luchd-tadhail ann an cànanan eile, a’ Ghàidhlig nam measg.

2.7 Gàidhlig ann an GNA

San Lùnastal 2010, chaidh sgrùdadh a thaobh cànan a chumail le luchd-obrach GNA a dh’fhaighinn a-mach cò na h-obraichean aig a bheil Gàidhlig agus dè an ìre, agus dè na fastaichean aig am biodh ùidh Gàidhlig ionnsachadh no an comas-cànain aca a leasachadh. Chan eil post sam bith ann an GNA an-dràsta far a bheil Gàidhlig air a h-ainmeachadh mar uallach tiomnaichte no na riatanas airson na h-obrach. ‘S ann tro threas partaidhean air chùmhnannt a tha ullachadh sheirbheisean ann an Gàidhlig air a bhith roimhe seo.

Tha giorrachadh air toraidhean an sgrùdaidh an cois seo mar Leasachan 1. Is e am prìomh cho-dhùnadh a chaidh a tharraing às an obair seo nach eil fianais air fèill leis a’ phoball gun tèid seirbheisean no fiosrachadh a thoirt seachad ann an Gàidhlig, ged a dh’fhaodadh seo a bhith mar thoradh nach robh a leithid a rud ri libhrigeadh Gàidhlig ann riamh seach gun luchd-tadhail Gàidhlig a bhith ann idir. Chan eil dùil, uime sin, gum faod luchd-labhairt Gàidhlig gnothach a ghabhail ri GNA ann an Gàidhlig. Cha robh duine den luchd-obrach ag ionnsachadh Gàidhlig aig àm an sgrùdaidh. Ged a tha an ìre den luchd-obrach aig a bheil beagan Gàidhlig no a tha ag iarraidh Gàidhlig ionnsachadh ìseal, tha e fhathast na adhbhar-misneachd. Chuir na freagairtean an cèill cuideachd nach eil mòran den luchd-obrach a’ faicinn gum buin Gàidhlig ris an eagrachadh, gu sònraichte nuair a tha uimhir a thàbhachdan eile ann am farpais rithe. Is dòcha gum bi obair a chuireas ri mothachadh a dhith aig ìre air choreigin gus aghaidh a chur air seo, fiù ‘s ged nach biodh ann ach cuideachadh ris an luchd-obrach a thuigsinn carson a tha Plana Gàidhlig againn agus carson a bu chòir a chur air adhart.

Cumaidh GNA sùil air comas Gàidhlig an luchd-obrach againn mar chuid den dearcnachadh air Goireasan Daonna san fharsaingeachd.

3. Rùintean Bunaiteach

San sgrìobhainn reachdail *Stiùireadh mu Leasachadh Planaichean Gàidhlig* a thug e a-mach, tha Bòrd na Gàidhlig a' toirt fa-near gur h-e cruthachadh an t-suidheachaidh iomchaidh gus Gàidhlig a chleachdadh san t-saoghal phoblach aonan de na mìrean as cudromaiche de dh'ùrachadh cànan. Tha am Bòrd air ceithir raointean de libhrigeadh sheirbheisean a chomharrachadh a tha ag iarraidh gun cuir buidhnean poblach aghaidh orra agus Planaichean Gàidhlig gan cur ri chèile aca. Tha iad seo gam mìneachadh gu h-ìseal leis an reusanachadh iomchaidh:

Dearbh-aithne

Tha làthaireachd Gàidhlig ann an dearbh-aithne chorporra agus soidhnichean ùghdarras poblach gu mòr ag àrdachadh foillaiseachd a' chànain, ag àrdachadh a cuid inbhe agus a' cur a-mach teachdaireachd làidir mun luach agus an aithne a thathas a' toirt don Ghàidhlig. Tha a bhith a' leasachadh cleachdaidh na Gàidhlig tro shoighnichte cuideachd a' saobhreachadh briathrachas do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig, ag àrdachadh mothachadh poblach a' chànain agus a' cur ri leasachadh a' chànain.

Conaltradh

Tha cleachdadh na Gàidhlig aig a' chiad ìre de chonaltradh eadar muinntir na sgìre agus an ùghdarras poblach ag àrdachadh follaiseachd is làthaireachd a' chànain agus a' cur ri tuigse gu bheil cleachdadh na Gàidhlig comasach agus ri mholadh. A bharrachd air a bhith ag àrdachadh inbhe a' chànain, tha seo cuideachd a' cruthachadh chothroman airson cleachdadh làimhseachail agus a' misneachadh sluagh a' Ghàidhlig a chleachdadh aig amannan conaltraidh ris an ùghdarras ionadail san àm ri teachd.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh ris an ùghdarras cudromach ann a bhith a' cruthachadh chothroman làimhseachail airson a' chànain a chleachdadh, agus a' cur ri mothachadh gu bheil a cuid cleachdaidh comasach agus ri mholadh. Faodaidh làthaireachd na Gàidhlig ann an raon de fhoirmean dà-chànanach cur ri follaiseachd is inbhe a' chànain. Faodaidh ullachadh de dhreachan Gàidhlig de fhoirmean, tagraidhean is pàipearan co-chosmhail, cuideachd cur ri leudachadh briathrachas na Gàidhlig agus mothachadh do luchd-labhairt na Gàidhlig mun bhriathrachas sin, agus a' cuideachadh leasachadh a' chànain fhèin.

Foillseachaidhean

Faodaidh cleachdadh na Gàidhlig ann an raon de dh'fhoillseachaidhean leasachadh na Gàidhlig a chuideachadh ann an diofar dhòighean. Bheir seo cuideachadh do fhollaiseachd a' chànain, ag àrdachadh inbhe na Gàidhlig le bhith ga cleachdadh ann an foillseachaidhean àrd-inbhe, agus a' cuideachadh briathrachas ùr is gnàthaichte. Seallaidh cleachdadh na Gàidhlig sna meadhanan an dòigh anns a bheil ùghdarras poblach a' gealltainn taic a thoirt do dh'fhiosrachadh cudromach a bhith ri fhaighinn anns a' Ghàidhlig, a bharrachd air a bhith ag àrdachadh follaiseachd is inbhe a' chànain. Mar a gheibh barrachd dhaoine fiosrachadh mu ùghdarrasan ionadail tro làraichean-lìn, ma nithear ullachadh airson na Gàidhlig, faodaidh seo inbhe is follaiseachd a' chànain àrdachadh gu mòr.

Luchd-obrach

Gus am bi e comasach seirbheisean a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, tha e deatamach gum bi na sgilean-obrach is na sgilean-cànan iomchaidh aig luchd-obrach. Ma bheirear cothroman ionnsachadh-chànain do luchd-obrach cuidichidh seo le bhith a' brosnachadh ionnsachadh inbheach sa Ghàidhlig agus a' brosnachadh Gàidhlig mar sgil feumail san àite-obrach. Ma thèid aithne a thoirt do dh'obraichean far a bheil Gàidhlig na sgil ainmichte cuiridh seo gu mòr ri inbhe a' chànain agus ri toirt aithne dhith mar sgil adhartach a bhiodh feumail fhaighinn.

Tha cleachdadh Gàidhlig ann an sanasachd cuideachd a' cuideachadh le bhith ag aithneachadh gum bu chòir Gàidhlig a chleachdadh anns a' bheatha phoblaich agus gu bheil dleastanas cudromach aig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig taobh a-staigh ùghdarras poblach. Ge b'é dè an ìre de sgilean Gàidhlig air a bheil feum tha e cudromach gun dèan ùghdarrasan poblach cinnteach gur e riatanas-obrach dha-rìribh a th' anns a' Ghàidhlig. Bu chòir dha

ùghdarrasan gabhail ri adhbharan beachdail agus an cur an gnìomh gus dèanamh cinnteach gum bithear a' fastadh dhaoine ann an dòigh chothromach is cho-sheasmhach, agus a' toirt aire do fheumalachdan sgilean ainmichte na dreuchd.

Tha rùn aig GNA ceuman a ghabhail sna ceithir raointean bunaiteach seo sna còig bliadhnaichean

a bhios am Plana ann, far a bheil seo a' freagairt air an obair is air na seirbheisean againn. Cuideachd, chomharraich am Bòrd trì rùintean aig an ìre as àirde a tha e ag iarraidh air GNA, aig a bheil cead bho mhinistearan ann am prionnsapal. Tha an dòigh-dèiligidh againn mar fhreagairt air a h-uile gin dhiubh seo air a toirt seachad sa chlàr shìos.

Rùn aig an Ìre as Àirde

Cuir an t-suaicheantas chorporra san dà chànan, a' nochdadh co-ionannachd spèis do na cànan, airson cleachdadh coitcheann mar ghoireas ùr no cur-an-àite.

Solaraidh dòigh-obrach gus ìre na Gàidhlig a bhios ann am mìneachadh, foillseachaidhean is soidhnichean, aontachadh, ann an gailearaidhean nàiseanta is fa leth agus sa Chruinneachadh Air-loidhne, mar ghoireas ùr no cur-an-àite.

Dòigh-dèiligidh GNA

Thàinig obair gus an t-eagrachadh a bhrannadh às ùr gu crìch o chionn ghoirid, às an tàinig mar thoradh suaicheantais ùra airson GNA agus gach gailearaidh air leth. Chaidh an suaicheantas corporra ùr a chur ri chèile gus roghainnean èifeachdach is sùbailte a thoirt seachad gus an cleachdadh ann an caochladh mheadhanan, agus chan eil e dà-chànanach anns a' chruth sa bheil e an-dràsta. Gabhaidh GNA beachd air ciamar as urrainn dhuinn cruth dà-chànanach den t-suaicheantas againn a leasachadh a' toirt a-steach ciamar, càite is cuin a dh'fhaodas a chleachdadh. Nuair a bheachdaicheas sinn a-rithist air làn ath-bhrannaidh bheir sinn Gàidhlig a-steach do shuaicheantas GNA, a' nochdadh co-ionannachd spèis don Ghàidhlig is don Bheurla agus cleachdaidh sinn seo an-àite na suaicheantas a bh' ann roimhe sin.

Mìneachadh – Làraichean GNA (Dùn Èideann): Bidh e na phrìomh phàirt den ghnìomhachd againn gun tèid Gàidhlig a thoirt a-steach don obair mhìneachaidh againn le bhith a' comharrachadh saothair anns a' chruinneachadh sheasmhach aca far an robh Gàidhlig aig an neach-ealain, an neach-suidhe no aig a' chuspair no far a bheil ceanglaichean follaiseach ri eachdraidh no cultar nan Gàidheal (thèid an dòigh-obrach gus ceanglaichean soilleir aithneachadh a chur an gnìomh sa chiad bliadhna den phlana seo). Thèid Gàidhlig a chleachdadh an uair sin anns a' mhìneachadh air an t-saothair seo. Thèid mìneachadh Gàidhlig nas fhaide na bileagan dà-chànanach far am faodar luach a bharrachd a thoirt don fheadhainn le Gàidhlig, leithid a bhith a' toirt seachad barrachd fiosrachaidh mu neach-ealain le Gàidhlig. Nochdaidh seo an toiseach ann an Gailearaidh Dealbhan-dhaoine Nàiseanta na h-Alba a chaidh fhosgladh às ùr o chionn ghoirid. Ach, tha fios againn cuideachd ma tha stuth-mìneachaidh anns a' Ghàidhlig airson obraichean eile sa chruinneachadh againn rim faighinn, cuiridh luchd-cleachdaidh na Gàidhlig fàilte air an sin leis gu bheil e a' cur ri 'àbhaisteachadh' a' chànan anns a' bheatha poblaich. Mar sin, beachdaichidh sinn air dòighean ann an urrainnear seo a leasachadh, leithid slighe Seann Mhaighstir sa Ghàidhlig aig Gailearaidh Nàiseanta na h-Alba. Bheir sinn prìomhachas do sholarachadh dà-chànanach do obair-ealain no taisbeanaidhean cruinneachaidhean seasmhach àrd-ìre a bharrachd air gnìomhachd foghlaim is coimhearsnachd. Nochdaidh sinn co-ionannachd spèis don Bheurla is don Ghàidhlig anns a h-uile mìneachadh dà-chànanach againn.

Mìneachadh – Gailearaidhean ann an Com-pàirteachas: Cuiridh sinn ri mothachadh air a' Phlana Ghàidhlig againn leis an dà ghailearaidh ann an com-pàirteachas rinn agus cuiridh sinn an gnìomh an aon phoileasaidh mu mhìneachadh agus a tha aig na làraichean againn ann an Dùn Èideann a thaobh iasadan do na h-ionadan seo. Nuair a bhios sinn ag obair le gailearaidhean eile, leithid tro ARTIST ROOMS, cuiridh sinn na prionnsapalan gu h-àrd an gnìomh. Cuideachd, mas e gu bheil gnìomhachd GNA (taisbeanaidhean gluasadach, pròiseactan coimhearsnachd is msaa) a' gabhail àite ann an sgìre far a bheil 15% no barrachd den t-sluagh a' cleachdadh Gàidhlig, obraichidh sinn le buidhnean ionadail gus mìneachadh dà-chànanach a thoirt seachad, a' nochdadh co-ionannachd spèis don Bheurla is don Ghàidhlig. A thaobh Dùn Èideann is Glaschu, aig a bheil inbhe lomairtean Gàidhlig⁴, gabhaidh sinn ri gluasad mean air mhean, cùis air chùis, a thaobh gnìomhachd, a rèir dòighean-obrach eile a thathas air am mhìneachadh sa phlana seo. San dòigh seo tha sinn ag amas air inbhe a' bhaile a chomharrachadh, ach bidh sinn a' gabhail ri sealladh co-cheart as urrainn a leasachadh thar ùine.

Mìneachadh – air an Lion: A rèir mar a thèid mìneachadh dà-chànanach no mìneachadh a bharrachd a chur ri chèile ann an Gàidhlig airson saothair anns a' chruinneachadh againn mar chuid de thaisbeanaidhean, thèid am mìr eile seo a chur ris a' chruinneachadh air an Lion.

Foillseachaidhean: Cuiridh sinn cruth foirmeil air a' phoileasaidh a tha againn an-dràsta mu stuth ann an Gàidhlig no mu fhoillseachaidhean dà-chànanach far a bheil an cuspair a' bualadh air luchd-ealain, luchd-suidhe no cuspairean Gàidhlig no far a bheil ceanglaichean follaiseach ris a' Ghàidhealtachd, tro bhith a' leasachadh agus a' libhrigeadh dòigh-obrach agus slatan-tomhais airson a bhith ag aithneachadh chuspairean airson foillseachadh dà-chànanach. Thèid seo a leudachadh gus prìomhachas a thoirt do fhoillseachaidhean le ceangal ri taisbeanaidhean àrd-inbhe, obraichean-ealain agus taisbeanaidhean taobh a-staigh beatha a' phlana seo (faic plana gnìomh gu h-iseal).

⁴ Tha Comunn na Gàidhlig, le taic bho Bhòrd na Gàidhlig, air inbhe lomairtean Gàidhlig a thoirt do Loch Abair, Glaschu, Dùn Èideann, An t-Eilean Sgitheanach, Uibhist a Deas agus Eirisgeidh, Iar-thuath Leòdhais, Sgìre an Rubha, Ìle is Diùra, agus Inbhir Nis. Thèid prògraman-cànain a libhrigeadh anns na sgìrean sin gus àrdachadh fhaighinn air an àireamh de luchd-cleachdaidh na Gàidhlig.

Sanasan: Bheir sinn a-steach sanasan-fàilteachaidh ann an Gàidhlig aig a h-uile gin de na làraichean againn ann an Dùn Èideann, a' cur ris na sgrìobhainnean air na ballachan aig Gailearaidh Nàiseanta na h-Alba. Thèid sanasan seasmhach agus sanasan sealach a bhithear a' cleachdadh gu cumanta a thoirt a-steach ann an cruth dà-dhànanach ann an àite na tha ann an-dràsta anns na togalaichean uile.

Agus srianadh is bruthadh air luchd-obrach is buidseatan mar a tha iad an-dràsta, 's ann an àite na tha ann an-dràsta a thèid mineachadh, foillseachaidhean is sanasan Gàidhlig a thoirt a-steach far am bi cosgaisean ìseal is an obair sna planaichean a tha ann mar-thà.

Bidh na dòighean-obrach againn airson nan raointean-obrach gu h-àrd stèidhichte air prionnsapalan:

- co-ionannachd spèis don Ghàidhlig is don Bheurla
- prìomhachas do sheirbheisean is gnìomhachd àrd-ìre is àrd-inbhe
- tairgse adhartach de na seirbheisean Gàidhlig againn
- tuilleadh solarachaidh de sheirbheisean dà-chànanach thairis air beatha a' phlana seo agus planaichean san àm ri teachd.

Nuair a bheir sinn iomradh air a' Ghàidhealtachd sa phlana seo, tha sinn a' ciallachadh coimhearsnachd luchd-labhairt na Gàidhlig air feadh na h-Alba agus chan e sgìre tìr-eòlais. Thèid na dòighean-obrach riatanach a leasachadh agus an cur an gnìomh taobh a-staigh a' chiad bhliadhna den phlana seo.

A bhith a' brosnachadh buileachadh is libhrigeadh Ginealach Ùr na Gàidhlig le aire shònraichte do Ionnsachadh Inbheach is Foghlam Tro Mheadhan na Gàidhlig

A h-uile bliadhna, bidh seachdain shònraichte ga cumail aig GNA airson Sgoiltean Gàidhlig, nuair a bhios clann à Alba gu lèir a' tighinn gus ceangal a dhèanamh ris a' chruinneachadh agus ealain a chruthachadh. Bidh na gnothaichean gan stiùireadh le neach-ealain Gàidhlig agus bidh an cothrom a' leigeil leis a' chloinn ceangal a dhèanamh eadar an t-àm a chuireas iad seachad aig GNA agus a' Ghàidhlig. Cumaidh GNA taic a' dol ris an tachartas soirbheachail seo.

Chuidich GNA o chionn ghoirid ri modal ùr Learning Space aig an Oilthigh Fhosgailte air *Gàidhlig ann an Alba An-diugh* a leasachadh (<http://openlearn.open.ac.uk/course/view.php?id=4470>). Leanaidh sinn oirnn ag obair le eagrachaidhean-foghlaim gus stuth-ionnsachaidh Gàidhlig a chruthachadh do gach aois is brosnachidh sinn an luchd-obrach againn gus stuth leithid modal Learning Space a chleachdadh gus an tuigse a tha aca fhèin air cànan is cultar na Gàidhlig a leasachadh.

Ni sinn ar dicheall ar gnìomhachd air foghlam Gàidhlig is obair coimhearsnachd a neartachadh thairis air na beagan bhliadhnaichean ri teachd, a' tòiseachadh le bhith ag ainmeachadh comas-cànain sa Ghàidhlig mar fheart ion-mhiannaichte ann a bhith a' fastadh luchd-obrach no-cheangailte. Cumar eileamaidean Gàidhlig ann am prògraman ionnsachaidh is coimhearsnachd dha clann is teaghaichean, sgoiltean is inbhich. Thèid tuilleadh solarachadh Gàidhlig a leasachadh thairis air beatha a' phlana seo agus planaichean eile. Thèid a h-uile gnìomhachd tro mheadhan na Gàidhlig a libhrigeadh dhan aon ìre ri gnìomhachd tro mheadhan na Beurla, a' nochdadh co-ionannachd spèis do gach cànan.

Thathar air am plana-gnìomha a leanas a chur ri chèile gus beachd a ghabhail air na ceithir raointean bunaiteach air an comharrachadh le Bòrd na Gàidhlig. Nuair a bhios gnìomhan a' cur taice ri libhrigeadh rùintean aig an ìre as àirde, thathar air seo a chomharrachadh anns a' phlana. Thathar air am plana-gnìomha seo a chruthachadh a rèir a' chleachdaidh a tha ann an-dràsta, na fèill a dh'fhaodadh nochdadh anns na raointean anns a bheil sinn ag obair, nan tàbhachdan ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus ann an Ginealach Ùr na Gàidhlig, agus na tha sinn a' faicinn mar na cothroman bunaiteach againn leasachadh is cleachdadh na Gàidhlig a chur air adhart, agus an ìre ìseal den luchd-obrach le Gàidhlig, goireasan car gann agus tàbhachdan ann am farpais mar a tha iad, na crìochan gnàthaichte is leantainneach de ghoireasan is phrìomhachasan deuchainneach.

Tha e nar n-amas taic a chur ri leasachadh na Gàidhlig agus cuideachadh gus a cleachdadh chun na h-ìre as motha a fhreagras air na dreuchdan is an t-suidheachadh againn, agus tha sinn an dòchas gu

bheil am plana-gnìomha a leanas a' nochdadh an rùn seo. Tha GNA mothachail anns a' chiad Phlana Ghàidhlig seo gun fheumar barrachd cuideim a chur air cur ri comas seach libhrigeadh sheirbheisean. Tha sinn ag iarraidh cuideachadh, ge-tà, gus ìomhaigh a' chànan a thogail agus luchd-labhairt Gàidhlig a bhrosnachadh gus ceangal a dhèanamh rinn tro mheadhan na Gàidhlig. Nochdaidh sinn co-ionannachd spèis don Bheurla is don Ghàidhlig nuair a dh'fhoillsicheas sinn pàipearan, stuthan no foillseachaidhean dà-chànanach sam bith, no a' libhrigeadh sheirbheisean, gnìomhachd no tachartasan dà-chànanach.

Cur an gnìomh Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba

Tha Bòrd na Gàidhlig agus GNA a' cur an taice ri Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba ann an *Wealthier and Fairer, Smarter, Healthier, Safer and Stronger, and Greener*. Tha sinn den bheachd gu bheil am plana-gnìomha seo a' cur ann an seagh dìreach ri h-amasan *Smarter* agus *Safer and Stronger*.

4. Plana-gnìomha Gàidhlig

Com-harradh	Obair	Ullachadh An-dràsta	Gnìomhan	Ceann-latha	Toraidhean	Cosgais	Roinn
CA1	IOMHAIGH: Tha GNA mothachail air cho cudromach agus a tha e cur ri follaiseachd na Gàidhlig gus inbhe a' chànain a thogail.						
1a	Iomhaigh chorporra <i>Rùn aig an Ìre as Àirde</i>	Chan eil an iomhaigh chorporra a tha ann an-dràsta dà-chànanach	(i) Stèidhich poileasaidh agus stiùireadh airson suaicheantas GNA a chleachdadh, a' cumail cuimhne air na h-atharrachaidhean deatamach m.e. airson meadhanan sòisealta	Sultain 2013	-	Gun chosgais a bharrachd	Dealbhadh agus Dèanadas/ Meadhanan agus Margaideachd
			(ii) Leasaich cruth dà-chànanach den phrìomh shuaicheantas aig GNA a' nochdadh co-ionannachd spèis don Bheurla is don Ghàidhlig	Dùbhlachd 2013	-	Cosgaisean dealbhaidh (£1,000)	Dealbhadh agus Dèanadas/ Meadhanan agus Margaideachd
			(iii) Thèid a' Ghàidhlig a chleachdadh ann an leasachadh inbhean aithne chorporra, stiùireadh is teamplaidean (a bharrachd air stiùiridhean branndaich)	Dùbhlachd 2013	-	£500	Dealbhadh agus Dèanadas/ Meadhanan agus Margaideachd
			(iv) Thoir a-steach cruth dà-chànanach de shuaicheantas GNA a rèir poileasaidh is stiùiridhean	Màr 2014	-	Gun chosgais a bharrachd	Dealbhadh agus Dèanadas/ Meadhanan agus Margaideachd
			(v) Thoir a' Ghàidhlig a-steach don t-suaicheantas corporra mar phàirt den ath làn ath-bhranndaich, a' nochdadh co-ionannachd spèis don Bheurla is don Ghàidhlig	-	-	Air a chunntadh ann an cosgaisean ath-bhranndaich	Margaideachd
1b	Sanasan (taobh a-staigh agus taobh a-muigh) <i>Rùn aig an Ìre as Àirde</i>	Chan eil sanasan sam bith le Gàidhlig	(i) Thoir Gàidhlig a-steach air sanasan-fàilteachaidh anns gach gailearaidh, a' comharrachadh co-ionannachd spèis don Bheurla is don Ghàidhlig	Iuchar 2013	-	Sgrionaichean àireamhail gu bhith ga chleachdadh gus cosgaisean a chumail iseal	Meadhanan agus Margaideachd
			(ii) Cuir ri chèile sreath de shanasan sealach a chleachdar gu tric sa Ghàidhlig agus sa Bheurla ri bhith air an sgapadh air feadh nan togalaichean a rèir iarrtais	Iuchar 2013	Àireamh shanasan dà-chànanach a' nochdadh air feadh nan togalaichean	£60 de chosgaisean eadar-theangachaidh le ùine luchd-obrach agus stuth	Tèarainteachd agus Seirbheisean Luchd-tadhail/ Meadhanan agus Margaideachd/ Luchd-gleidhidh
			(iii) Faigh a-mach dè na sanasan seasmhach a dh'fhaodte cur san dà chànan agus ullaich plana mu chur-an-àite, mothachail air rùintean mu cho-ionannachd is mu chothrom agus a' nochdadh co-ionannachd spèis don Bheurla is don Ghàidhlig	Dùbhlachd 2013	-	Rachadh sanasan ùra a thoirt a-steach a rèir iarrtais, a cumail nan cosgaisean a rèir nam buidseatan a tha ann. Cosgaisean eadar-theangachaidh de £60	Meadhanan agus Margaideachd/ Tèarainteachd agus Seirbheisean Luchd-tadhail

Com-harradh	Obair	Ullachadh An-dràsta	Gnìomhan	Ceann-latha	Toraidhean	Cosgais	Roinn
CA2	CONALTRADH: Tha rùn aig GNA slighean-conaltraidh a leasachadh gus Gàidhlig a thoirt a-steach agus cothrom a chruthachadh airson cleachdadh na Gàidhlig ann an suidheachadh ghailearaidhean.						
2a	Fàilteachadh	Chan eil ullachadh Gàidhlig san fhàilteachadh againn an-dràsta no luchd-obrach le Gàidhlig.	(i) Thoir air adhart seiseanan Mòthachadh-Gàidhlig don h-uile neach-fàilteachaidh	Bho Iuchar 2013	Àireamh den luchd-fàilteachaidh a fhrithéal seiseanan	Ri sholarachadh san taigh, cosgaisean bho bhuidheitean a th'ann	Tèarainteachd agus Seirbheisean Luchd-tadhail/HR/Dealbhadh is Coileanadh
			(ii) An urra ri toradh gnìomh 4 (b)(iii) gu h-iseal, thoir cothrom don sgioba-fàilteachaidh an sgilean sa Gàidhlig a leasachadh	Bho Dùbhlachd 2013	Àireamh den luchd-obrach ag ionnsachadh Gàidhlig	An urra ris an roghainn a nithear: m.e. dithis luchd-obrach a' frithealadh clas oidhche gach bliadhna £250	Tèarainteachd agus Seirbheisean Luchd-tadhail
			(iii) Cuir ri chèile agus cùm liosta den luchd-obrach a tha deònach dèiligeadh ri ceistean ann an Gàidhlig aig Fàilteachadh	Bho Ògmhios 2013	-	Gun chosgais	Tèarainteachd agus Seirbheisean Luchd-tadhail
			(iv) Aon uair is gum bi an goireas seo ri fhaotainn, sanasaich seo do luchd-tadhail le sanasan aig fàilteachadh	An crochadh air toradh air gnìomh (iii)	Àireamh nan ceistean a chuirear ann an Gàidhlig aig fàilteachadh	Gun chosgais	Tèarainteachd agus Seirbheisean Luchd-tadhail
			(v) Cuir ri chèile bileag-fiosrachaidh bunaiteach ann an Gàidhlig airson luchd-tadhail	Dùbhlachd 2014	An ìre a ghabhar ris a' bhileig Ghàidhlig	£5000 cosgais pròiseact iomlan (dealbhadh, eadar-theangachadh agus clò-bhualadh)	Meadhanan agus Margaideachd Tèarainteachd agus Seirbheisean Luchd-tadhail
2b	Fòn	Chan eil ullachadh sam bith ann an-dràsta mu fhreagairtean air fòn ann an Gàidhlig	(i) Cuir ri chèile agus cùm liosta den luchd-obrach a tha deònach dèiligeadh le ceistean ann an Gàidhlig air fòn	Bho Ògmhios 2013	-	Gun chosgais	Tèarainteachd agus Seirbheisean Luchd-tadhail
			(ii) Aon uair is gum bi an goireas seo ri fhaotainn, sanasaich seo cho math ri fiosrachadh a thaobh fios a chur thugainn air an làrach-lìn	An crochadh air toradh air gnìomh (i)	Àireamh nan ceistean a chuirear ann an Gàidhlig air fòn	Gun chosgais	Tèarainteachd agus Seirbheisean Luchd-tadhail
			(iii) An urra ri toradh gnìomh 4b(iii) gu h-iseal, thoir cothrom do luchd-obrach an sgilean Gàidhlig a leasachadh	Bho Dùbhlachd 2013	Àireamh de luchd-obrach ag ionnsachadh Gàidhlig	An urra ris an roghainn a rinnear: m.e. dithis luchd-obrach a' frithealadh clas oidhche gach bliadhna £250	Tèarainteachd agus Seirbheisean Luchd-tadhail
2c	Post agus post-dealain	Chan eil a' Ghàidhlig ga cleachdadh ann an litrichean is ann am post-dealain bho GNA an-dràsta	(i) Cuir ainm GNA air eadar-theangachadh agus sragagan dà-chànanach iomchaidh eile ri ainmean-sgrìobhte post-d a' nochdadh co-ionannachd spèis don Bheurla is don Ghàidhlig	Sultain 2013	-	Cosgaisean eadar-theangachaidh ìseal (£60 gach bliadhna)	Dealbhadh agus Dèanadas
			(ii) Thoir a-steach beannachdan Gàidhlig ann an litrichean agus ann am post-dealain gu eagrachaidhean Gàidhlig a' nochdadh co-ionannachd spèis don Bheurla is don Ghàidhlig	A' leantainn	-	Gun chosgais	Dealbhadh agus Dèanadas
			(iii) Leasaich is thoir air adhart poileasaidh airson a bhith a' faighinn is a' toirt freagairt do litrichean/puist-dealain a gheibhear ann an Gàidhlig	Sultain 2013	-	Gun chosgais	Dealbhadh agus Dèanadas

Com-harr-adh	Obair	Ullachadh An-dràsta	Gnìomhan	Ceann-latha	Toraidhean	Cosgais	Roinn
			iv) Leasaich litrichean freagairt cunbhalach agus puist-d anns a' Ghàidhlig airson an cleachdadh a rèir feum, a' mineachadh feum air eadar-theangachadh agus an dàil a dh'fhaodadh a bhith ann a bhith faighinn làn fhreagairt agus a' nochdadh co-ionannachd spèis don Bheurla is don Ghàidhlig	Sultain 2013	-	Gun chosgais	Dealbhadh agus Dèanadas
			v) Freagair anns a' Ghàidhlig litrichean/puist-d a gheibhear anns a' Ghàidhlig bho bhuill den choimhearsnachd taobh a-staigh an aon raoin-ùine ri freagairtean sa Bheurla (a' cleachdadh litrichean-fios far a bheil sin deatamach gus ùine eadar-theangachaidh a cheadachadh) agus a' nochdadh co-ionannachd spèis don Ghàidhlig is don Bheurla	Bho Ògmhios 2013	Àireamh de litrichean a chaidh eadar-theangachadh agus an cuir a-mach san dà chànan	Cosgaisean eadar-theangachaidh an toiseach ach mar a thig comas taobh a-staigh air adhart thèid seo a lùghdachadh agus faodar a leudachadh gu buidhnean Gàidhlig	Dealbhadh is Dèanadas
			(vi) Thoir fios mun ghoireas gus gabhail ri conaltradh ann an Gàidhlig air an làrach-lìn againn	Iuchar 2013		Gun chosgais	Dealbhadh is Dèanadas
2d	Bileagan	Chan eil ullachadh sam bith a thaobh cleachdadh na Gàidhlig anns na bileagan àbhaisteach againn	(i) Thoir a-steach srabagan is cinn Ghàidhlig airson nam bileagan as trice a chleachdar, a' nochdadh co-ionannachd spèis don Ghàidhlig is don Bheurla	Dùbhlachd 2013	Àireamh nam bileagan anns a bheil Gàidhlig	Cosgais eadar-theangachaidh beag (£50 gu £100)	GD/Foghlam/Leasachadh
			(ii) Cuir abairt ris na bileagan as trice a chleachdar ag ràdh gu bheil GNA a' gabhail ri bileagan air an lìonadh a-steach ann an Gàidhlig a' nochdadh co-ionannachd spèis don Ghàidhlig is don Bheurla	Dùbhlachd 2013	Mar gu h-àrd	Cosgais bheag, mar gu h-àrd	Mar gu h-àrd
2e	Coinneamhan poblach	Chan eil dòigh-dèiligidh fhoirmeil ann a thaobh coinneamhan poblach a chumail ann an Gàidhlig	(i) Nuair a bhios coinneamhan poblach gan sanasachadh, iarr air luchd-frithealaidh cur an cèill a bheil eadar-mhìneachadh Gàidhlig a dhith orra	Bho Ògmhios 2013	Àireamh nan iarrtasan airson eadar-mhìneachaidh ann an Gàidhlig	Cosgaisean sanasachd agus eadar-mhìnicheir (mu £300)	Dealbhadh agus Dèanadas
2f	Modhan-obrach mu Ghearanan	Chan eil ullachadh sam bith ann an-dràsta a thaobh dèiligeadh ri gearanan a gheibhear ann an Gàidhlig	(i) Cuir an cèill gun gabhar ri gearanan agus gun tèid freagairt a thoirt orra ann an Gàidhlig sa phoileasaidh agus sna modhan-obrach ùra	Bho Dhùbhlachd 2013	Àireamh nan gearan a gheibhear ann an Gàidhlig	Cosgaisean eadar-theangachaidh an toiseach (£100 gach bliadhna) gus an tèid comas air an taobh a-staigh a leasachadh	Dealbhadh agus Dèanadas
CA3	FOILLSEACHAIDHEAN: Tha rùn aig GNA cur ris a' chleachdadh a tha ann an-dràsta cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh anns na raointean seo.						
3a	Dàimh phoblach agus na meadhanan	Chan eil fiosrachadh ga thoirt do na meadhanan ann an Gàidhlig an-dràsta	(1) Thoir prìomhachas do bhrath-naidheachd àrd-inbhe airson an eadar-theangachadh gu Gàidhlig, a' nochdadh co-ionannachd spèis don Ghàidhlig is don Bheurla (an urra ri èiginn seach nach eil goireas eadar-theangachaidh ann san taobh a-staigh)	Dol air adhart	Àireamh nam brathan-naidheachd sa Ghàidhlig a-mhàin gach bliadhna	Cosgaisean eadar-theangachaidh mu £100 gach brath-naidheachd bho na buidseatan a tha ann	Meadhanan agus Margaideachd

Com-harradh	Obair	Ullachadh An-dràsta	Gnìomhan	Ceann-latha	Toraidhean	Cosgais	Roinn
			(ii) Leasaich is cuir an-gnìomh dòigh-obrach agus slatan-tomhais a mhinicheas mar a thèid cuspairean anns am bi ùidh aig na meadhanan Gàidhlig aithneachadh	Dùbhlachd 2013	Àireamh de bhrathan-naidheachd Gàidhlig a-mhàin gach bliadhna	Gun chosgais	Meadhanan agus Margaideachd
			(iii) Leasaich liosta de dh'ainmean nam buidhnean meadhain Gàidhlig	Màrt 2013	-	Gun chosgais	Meadhanan agus Margaideachd
3b	Stuth ann an clò Rùn aig an Ìre as Àirde	Chan eil stuth ann an clò ga fhoillseachadh gu cunbhalach ann an Gàidhlig	(i) Stèidhich cunnradh air an luach as fheàrr airson seirbheisean eadar-theangachaidh	Iuchar 2013	Cosgais eadar-theangachaidh	Gun chosgais	Dealbhadh agus Dèanadas
			(ii) Stèidhich slatan-tomhais agus leasaich dòighean-obrach agus innse mar a thèid stuth-chuspairean aithneachadh airson fhoillseachadh gu dà-chànanach, stèidhichte air na prionnsapalan a chaidh am mìneachadh anns na Geallaidhean Àrd-ìre gu h-àrd	Dùbhlachd 2013	Àireamh nan tiotalan anns a bheil Gàidhlig	Gun chosgais	Dealbhadh agus Dèanadas Foillseachaidhean/ Gailearaidhean
			(iii) Cuir cruth dà-chànanach den t-suaicheantas ri foillseachaidhean a rèir poileasaidh agus stiùiridhean stèidhichte (gnìomh 1a(i))	Bho Mhàrt 2014		Gun chosgais	Foillseachaidhean
			(iv) Cuir Gàidhlig ri stiùireadh mu ghailearaidhean ann an cànanan seach a' Bheurla a' nochdadh co-ionannachd spèis don Ghàidhlig is don Bheurla	Bho Mhàrt 2014	Àireamh nan stiùiridhean air an reic	Cosgais ri bhith air a meas. Fodhar cosgais taobh a-muigh fhaighinn	Foillseachaidhean/ Gailearaidhean
			(v) Cruthaich stuth/tursan Foghlaim ann an Gàidhlig airson sgoiltean a' nochdadh co-ionannachd spèis don Ghàidhlig is don Bheurla	Dùbhlachd 2015	Cleachdadh ghoireasan	Cosgais ri bhith air a mheas	Foghlam
			(vi) Leasaich mapaichean 'slighe' Gàidhlig (stèidhichte air earrannan sa chruinneachadh, tèamaichean msaa) do bhuill den coimhearsnachd airson a leantainn, a' nochdadh co-ionannachd spèis don Ghàidhlig is don Bheurla	Dùbhlachd 2015	Cleachdadh ghoireasan	Cosgais ri bhith air a meas. Fodhar maoineachadh taobh a-muigh iarraidh	Foghlam/ Luchd-glèidhidh
3c	Làraichean-lìn Rùn aig an Ìre as Àirde	Tha fiosrachadh luchd-tadhail ri fhaotainn ann an Gàidhlig air làrach-lìn GNA	(i) Cuir cruth dà-chànanach GNA ris an t-suaicheantas (aon uair is gu bheil i air a stèidheachadh) air an làrach-lìn	An crochadh air toradh air gnìomh 1a(i) gu h-àrd	-	Gun chosgais a bharrachd	Meadhanan Ùra
			(ii) Mar a thèid eadar-mhinichearan/eadar-theangairean a thional airson na saothrach anns a' chruinneachadh, cuir iad seo ris an t-saothair air am faodar sealltainn air an làrach-lìn	Dùbhlachd 2013	Àireamh nan obraichean sa chruinneachadh air an Lion le mineachadh Gàidhlig	Gun chosgais a bharrachd	Meadhanan Ùra/ Luchd-glèidhidh
			(iii) Cuir ri chèile mir Gàidhlig airson obraichean ceangailte (coltach ri mir Ealain na h-Alba, no earrann às)	Dùbhlachd 2015	Àireamh nan obraichean air an comharrachadh mar 'Ealain Ghàidhlig'	Cosgais ri bhith air a mheas	Meadhanan Ùra/ Luchd-glèidhidh

Com-harr- adh	Obair	Ullachadh An- dràsta	Gnìomhan	Ceann- latha	Toraidhean	Cosgais	Roinn
3d	Taisbeanaidhean Rùn aig an Ìre as Àirde	Tha dòigh-dèiligidh neo-fhoirmeil ann gus eadar-mhìneachadh/eadar-theangachadh a chur ris na taisbeanaidhean againn	(i) Leasaich dòighean-obrach agus slatan-tomhais airson obraichean le ceangal ri eachdraidh is cultar na Gàidhlig msaa aithneachadh (a rèir nam prionnsapalan a gheibhear gu h-àrd)	Dàmhair 2013		Gun chosgais	Dealbhadh agus Dèanadas
			(ii) Leasaich dòighean-obrach agus slatan-tomhais airson mìneachadh Gàidhlig a thoirt a-steach do thaisbeanaidhean àrd-inbhe (a rèir nam prionnsapalan a gheibhear gu h-àrd)	Dàmhair 2013		Gun chosgais	Dealbhadh agus Dèanadas/ Luchd-gleidhidh/ Foghlam
			(iii) A' cleachdadh na dòighean-obrach air am mìneachadh ann an 3(d)(i) gu h-àrd, dèan aithne air obraichean sa chruinneachadh sheasmhach le ceanglaichean Gàidhlig	Bhon Dàmhair 2013	Àireamh de dh'obraichean air aithneachadh mar 'Ealain Ghàidhlig'	Gun chosgais	Luchd-clàraidh/ Luchd-glèidhidh
			(iv) Leasaich mìneachadh sa Ghàidhlig de dh'obraichean a chaidh aithneachadh tro 3d(iii), nam measg ainmean teaghlaichean Gàidhlig far a bheil deatamach, le prìomhachas do dh'obair-ealain no taisbeanaidhean àrd-inbhe	Bho Dàmhair 2013	Àireamh nan obraichean le mìneachadh Gàidhlig nan cois	Cosgaisean eadar-theangachaidh (timcheall air £300 gach taisbeanadh)	Luchd-clàraidh/ Foghlam
			(v) Mar phàirt den phròiseas prògramadh poblach ⁵ , beachdaich càite am biodh Gàidhlig iomchaidh tro bhith a' cur earrann 'Gàidhlig' air an fhoirm tagraidh, a rèir nan dòighean-obrach a chaidh an leasachadh fo gnìomhan 3d(i) agus (ii)	Bho Dàmhair 2013	Àireamh de ghnìomhachd prògraman poblach far a bheileas den bheachd gu bheil a' Ghàidhlig iomchaidh	Gun chosgais	Dealbhadh is Coileanadh
			(vi) Ann an taisbeanaidhean le eileamaid Gàidhlig, solaraidh gnìomhachd, òraidean msaa ann an Gàidhlig agus/no mu chuspair Gàidhlig	A' leantainn	Àireamh de ghnìomhachd Gàidhlig ga thabhann	Cosgais ri bhith air a mheas	Foghlam/ Luchd-gleidhidh
			(vii) Àrdaich mothachadh den Phlana Gàidhlig le gailearaidhean eile ann an com-pàirt	Bho cheann-latha ceadachaidh	-	Gun chosgais	Priomh Sgioba Riaghlaidh
			(viii) Obraich le gailearaidhean agus buidhnean ionadail gus mìneachadh dà-chànanach a sholarachadh a bharrachd air còmhraidhean is gnìomhachd Gàidhlig airson taisbeanaidhean air tursan gu sgìrean far a bheil raon math de luchd-labhairt na Gàidhlig (mar a chaidh a shuidheachadh anns na geallaidhean àrd-ìre gu h-àrd)	A' leantainn	Àireamh de thaisbeanaidhean air thuras anns an robh raon math de Ghàidhlig anna	Cosgais ri bhith air a mheas	Luchd-glèidhidh/ Foghlam

⁵ Is e am pròiseas prògramadh poblach am pròiseas trom bi taisbeanaidhean is gnìomhachd eile don phoball air am moladh, an leasachadh, an cunntadh, an clàradh is an libhrigeadh. Faodar am pròiseas foirmeil atharrachadh gus dèanamh cinnteach gun toir luchd-gleidhidh agus roinn nam meadhanan, leithid Foghlam is Margaideachd, sùim cheart do Ghàidhlig a bhith anna/an làthair.

Com-harradh	Obair	Ullachadh An-dràsta	Gnìomhan	Ceann-latha	Toraidhean	Cosgais	Roinn
CA4	ÌREAN LUCHD-OBACH Tha rùn aig GNA dreuchdan aithneachadh far a bheil Gàidhlig deatamach no ion-mhiannaichte agus taic a thoirt don luchd-obrach cur ri comas na Gàidhlig ma tha iad ga iarraidh.						
4a	Trèanadh	Chan eil trèanadh ga thairgse don luchd-obrach air Gàidhlig	(i) Leasaich seiseanan-fiosrachaidh Gàidhlig airson luchd-fàilteachaidh, dhaibhsan a tha a' libhrigeadh sheirbheisean-foghlaim agus feadhainn sam bith eile aig a bheil ùidh	luchar 2013	-	Ri bhith air a leasachadh san taigh bho na buidseatan a tha ann (£200 airson stuth)	Tèarainteachd agus Seirbheisean Luchd-tadhail, Dealbhadh is Dèanadas agus GD
			(ii) Cuir seiseanan-fiosrachaidh Gàidhlig air dòigh airson sgioba-fàilteachaidh, iadsan a tha a' libhrigeadh sheirbheisean foghlaim agus luchd-obrach eile aig a bheil ùidh	luchar 2013	Àireamh den luchd-obrach a' frithealadh air seiseanan-fiosrachaidh Gàidhlig	Gun chosgais a bharrachd	Tèarainteachd agus Seirbheisean Luchd-tadhail, Dealbhadh is Dèanadas agus GD
			(iii) Thoir ullachadh don luchd-obrach mu thoirt a-steach a' Phlana Ghàidhlig agus mun bhuaidh a bheir e	Bho cheann-latha ceadachaidh	Àireamh den luchd-obrach a' frithealadh air seiseanan-fiosrachaidh	Gun chosgais	Dealbhadh agus Dèanadas
4b	Ionnsachadh a' chànain	Chan eil trèanadh ga thairgse don luchd-obrach ann an comas Gàidhlig	(i) Cleachd ullachaidhean-fiosrachaidh Gàidhlig gus an luchd-obrach a spreagadh is a bhrosnachadh Gàidhlig ionnsachadh, le aire shònraichte do luchd-fàilteachaidh agus iadsan a tha a' libhrigeadh sheirbheisean foghlaim sa chiad àite	Bhon Iuchar 2013	Àireamh den luchd-obrach ag ionnsachadh Gàidhlig	Gun chosgais a bharrachd	Dealbhadh agus Dèanadas
			(ii) Thoir misneachd don luchd-obrach ùidh a chuir an cèill ann an ionnsachadh Gàidhlig is goireasan ionnsachadh-cànain air an Lion a chleachdadh	Bhon Ògmhios 2013	Mar gu h-àrd	-	Dealbhadh agus Dèanadas
			(iii) Dèan sgrùdadh air cùrsaichean Gàidhlig agus sin a thabhann don luchd-obrach le ùidh annta, co-dhiù ann am pàirt aig amannan obrach, le prìomhachas ga thoirt do luchd-fàilteachaidh agus iadsan a tha a' libhrigeadh sheirbheisean foghlaim	Bhon Dùbhlachd 2013	Mar gu h-àrd	An urra ris an roghainn a nithear: m.e. dithis luchd-obrach a' frithealadh clas oidhche gach bliadhna £250	Dealbhadh agus Dèanadas
			(iv) Thoir a-steach 'comas Gàidhlig' mar chuid de dhearcnachadh GD gus a dhèanamh cinnteach gun tèid fiosrachadh seasmhach a chumail	Bhon Iuchar 2013	Àireamh den luchd-obrach le/ ag ionnsachadh Gàidhlig	Gun chosgais	Dealbhadh agus Dèanadas/GD
4c	Fastadh	Chan eil ullachadh sam bith airson na Gàidhlig sna modhan-obrach fastaidh againn no dreuchdan sam bith far a bheil Gàidhlig riatanach	(i) Fastaich sgioba Tèarainteachd agus Seirbheisean Luchd-tadhail le comas Gàidhlig mar rud a bhiodh feumail	Bhon Lùnastal 2013	Àireamh den luchd-obrach le Gàidhlig	Gun chosgais a bharrachd	GD/ Tèarainteachd agus Seirbheisean Luchd-tadhail

Com-harradh	Obair	Ullachadh An-dràsta	Gnìomhan	Ceann-latha	Toraidhean	Cosgais	Roinn
			(ii) Thoir a-steach comas-cànain Gàidhlig mar feart feumail airson luchd-obrach foghlaim neo-cheangailte	Bhon Lùnastal 2013	Àireamh nam post far a bheil Gàidhlig na cuid riatanach no feumail sa phost	Gun chosgais	Foghlam
			(iii) Cuir comas anns a' Ghàidhlig ri feartan ion-mhiannaichte airson dleastanasan Foghlaim a thèid an sanasachadh san àm ri teachd	-	Àireamh luchd-obrach le Gàidhlig	Gun chosgais	GD/Foghlam
			(iv) Thoir a-steach measadh sa mhodh-fhastaidh gus faighinn a-mach a bheil sgilean Gàidhlig deatamach no ion-mhiannaichte airson na dreuchd	Dùbhlachd 2013	Àireamh nam post far a bheil Gàidhlig na cuid riatanach no fheumail sa phost	Gun chosgais	GD
4d	Sanasachd	Chan eil Gàidhlig a' nochdadh ann an sanasan-obrach	(i) Cuir srabag dhà-chànanach GNA ris an t-suaicheantas air sanasan	An crochadh air toradh air gnìomh 1a(i) gu h-àrd	Àireamh nan sanasan anns an nochd an suaicheantas dà-chànanach	Gun chosgais a bharrachd	GD
			(ii) Far a bheilear den bheachd gu bheil Gàidhlig na cuid riatanach de phost, cuir a-mach sanasan dà-chànanach	Bhon Dùbhlachd 2013	Àireamh nan sanasan a tha gu tur dà-chànanach	Cosgaisean eadar-theangachaidh (£60 gach sanas)	GD
			(iii) Far am biodh Gàidhlig feumail sa phost, thoir aithris mu rùn GNA a thaobh na Gàidhlig anns an t-sanas-obrach	Bhon Dùbhlachd 2013	Àireamh nan sanasan le rùn a thaobh na Gàidhlig air aithris	Gun chosgais a bharrachd	GD



5. Buaidh a Thaobh Poileasaidh air a' Ghàidhlig

Taic ri cur an gnìomh Plana Nàiseanta na Gàidhlig

5.1 Buaidh aig Poileasaidh air Gàidhlig

Tha GNA mothachail gun tèid na raointean tàbhachdach a tha air an comharrachadh sa Phlana Nàiseanta airson na Gàidhlig a chur an gnìomh tron Phlana Ghàidhlig againn air a' chuid as motha ach gun èirich cothroman gus an cànan adhartachadh is a leasachadh tro na ceuman a thaobh poileasaidh a tha ann an-dràsta. Nì GNA sgrùdadh air na rùintean a thaobh poileasaidh a tha ann an-dràsta far am faodar Gàidhlig a thoirt a-steach agus na tàbhachdan anns a' Phlana Nàiseanta airson na Gàidhlig a chur an sàs tro mhodhan a bharrachd. Chì sinn an leasachadh seo a rèir prionnsapal an àbhaisteachaidh, aig a bheil e mar amas Gàidhlig a thoirt a-steach mar chuid de bheatha làitheil na h-Alba.

Ann an cruthachadh, ùrachadh is dearcnachadh phoileasaidhean, nì GNA cinnteach gum bi a' bhuidh air a' Ghàidhlig air an aon rèir ris a' Phlana Nàiseanta airson na Gàidhlig. Gus seo a thoirt gu buil gu h-èifeachdach agus goireasan a stiùireadh gu h-iomchaidh, bu chòir co-dhùnaidhean a dhèanamh a rèir fianais cheart is ùraichte bho luchd-obrach is luchd-cleachdaidh na seirbheis. Mar sin, bheir GNA seachad na gnìomhan a leanas:

Gnìomh	Ceann-latha	Comharradh a thaobh Dèanadais	Cosgais	Roinn
Cuir Buntainneachd/ Buaidh/ Gnìomhan Gàidhlig ri clàr nam poileasaidhean	Dùbhlachd 2013	Àireamh nam poileasaidhean air an sgrùdadh airson buntainneachd/ buaidh/ gnìomhan Gàidhlig	Gun chosgais idir	Dealbhadh is Dèanadas
Dèan sgrùdaidhean dà-chànanach luchd-obrach is luchd-tadhail mu sheirbheisean Gàidhlig, beachdan is msaa, a' nochdadh co-ionannachd spèis don Bheurla is don Ghàidhlig	Dùbhlachd 2014 agus gach dà bhliadhna às deidh sin	Àireamh de fhreagairtean bho sgrùdaidhean	Cosgais eadar-theangachadh de £300 gach sgrùdadh	Dealbhadh is Dèanadas

Tha an earrann a leanas a' toirt nan tàbhachdan a thaobh leasachadh a' chànain ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig a bhuineas ri obair GNA agus mar a chuireas GNA taic ri libhrigeadh nan tàbhachdan sin.

5.2 Sealladh Farsaing air Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Chomharraich Plana Nàiseanta na Gàidhlig ceithir cuspairean ceangailte ri leasachadh a' chànain air an fheumar aghaidh a chur:

- Togail a' Chànain (mar a gheibh daoine an comas Gàidhlig a thogail)

- Cleachdadh a' Chànain (mar a gheibh daoine an comas Gàidhlig a chleachdadh)
- Inbhe a' Chànain (mar a ghabhas cur ri inbhe na Gàidhlig)
- Corpus a' Chànain (mar a ghabhas corpus na Gàidhlig a leasachadh)

Tha iad seo uile air am bonntachadh air ceithir raointean-gnìomha tàbhachdach. Tha an fheadhainn ris am faodar GNA cuideachadh gu dìreach tro na poileasaidhean is tron chleachdadh againn agus a thug sinn gealladh seachad taic a chur riutha gan toirt seachad gu h-iseal.

5.3 Rùn mu Amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha GNA a’ gealltainn cuideachadh gus a dhèanamh cinnteach gun tèid Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh, agus anns an earrann seo tha sinn a’ leigeil fhaicinn mar a chuidicheas sinn gus an t-amas sin a thoirt a-mach a rèir crìochan na h-obrach againn. Air na bùird a tha gu h-iseal gheibhear na geallaidhean àrd-ìre bho Chaibideil 3 agus na gnìomhan (le roinn\ dleastanas) bho Chaibideil 4 a tha a’ cur ri gach prìomhachas.

Togail-cànain

Cur ri àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith a’ dèanamh cinnteach gun cuirear an cànan a-null ann an teaghlaidhean agus a’ daingneachadh chothroman èifeachdach gus Gàidhlig ionnsachadh.

Tha GNA mothachail ma tha seasmhachd gu bhith an dàn don Ghàidhlig gum feum barrachd dhaoine an cànan ionnsachadh agus nach fhuilear sealltainn gu sònraichte ris an dachaigh, ri foghlam is ionnsachadh do dh’inbheach mar na modhan as fheàrr gus seo a thoirt a-mach.

Tha sinn an dòchas le bhith a’ cruthachadh ìre de Ghàidhlig sna gailearaidhean againn agus tro gnìomhachd foghlaim, gum brosnach sinn daoine aig gach aois cur ris a’ chomas a tha aca an-dràsta agus daoine gun an cànan a spreagadh gus a bhith ga ionnsachadh. Le bhith a’ dèanamh ceangail ri GNA ann an Gàidhlig, faodar leantainn air adhart le barrachd deasbaid mu shuidheachadh nan gailearaidhean an taobh a-muigh nan gailearaidhean, aig an taigh, san sgoil no aig colaiste. Cumaidh sinn a’ dol a’ toirt taic do sheachdain shoirbheachail sgoiltean tro mheadhan na Gàidhlig a thathas a’ cumail aig GNA, tachartas bliadhnail a bhios a’ toirt a-steach sgoiltean bho air feadh na h-Alba. Bheir sinn cuideachd misneachd don luchd-obrach againn an cànan a sgrùdadh agus cothroman a thabhann far a bheil sin comasach dhaibhsan a tha airson a’ Ghàidhlig ionnsachadh.

Le bhith a’ cur ri follaiseachd a’ chànain tro na gnìomhan a thathar a’ cur an làthair ann an earrann 4 den phlana seo, bidh barrachd misneachd aig clann is daoine òga, agus aig inbheach, agus bidh iad nas comhfhurtaile a thaobh ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig bho latha gu latha.

Prìomhachasan Ionnsachadh-cànain	Gnìomhan Buileachaidh
Togail anns an dachaigh	Gealladh àrd-ìre\ Ionnsachadh inbheach agus foghlam tro mheadhan na Gàidhlig
Togail tro fhoghlaim	Gealladh àrd-ìre\ Ionnsachadh inbheach agus foghlam tro mheadhan na Gàidhlig Foillseachaidhean\ Stuthan clò-bhuailte\ Gnìomh (v)
Togail ann an ionnsachadh inbheach	Gealladh àrd-ìre\ Ionnsachadh inbheach agus foghlam tro mheadhan na Gàidhlig Conaltradh\ Fàilteachas\ Gnìomh (ii) Conaltradh\ Fòn\ Gnìomh (iii) Luchd-obrach\ Ionnsachadh Cànan\ gnìomhan (i-iv)

Cleachdadh-cànain

Barrachd cleachdadh den Ghàidhlig a bhrosnachadh, cothroman a thoirt seachad gus an cànan a chleachdadh, agus cothrom air conaltradh Gàidhlig a chur air adhart

Tha GNA mothachail ma tha seasmhachd gu bhith an dàn don Ghàidhlig gum feumar chan e a-mhàin cur ris an àireamh de dhaoine a bhruidhneas an cànan ach cur ri cleachdadh fhèin cuideachd. Tha sinn mothachail air cho cudromach is a tha e cur air chomas do bharrachd dhaoine Gàidhlig a chleachdadh mar am modh-conaltraidh aca nam beatha làitheil.

Tha GNA a’ meas an àite aca fhèin mar a bhith a’ toirt seachad thionnsgnaidhean is chothroman a chuireas ri ionnsachadh foirmeil na Gàidhlig agus a bhrosnaicheas cleachdadh na Gàidhlig an taobh a-muigh an ionaid-ionnsachaidh. A-mach às na tàbhachdan san earrann seo de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig, tha cuibhreann gu math follaiseach aig GNA ri toirt seachad gus Gàidhlig a chur air adhart ann an ealain, agus turasachd, dileab agus cur-seachadan. Faodaidh GNA cuideachadh ris na tàbhachdan eile a thaobh Cleachdadh a’ Chànain cuideachd mar a tha sin air a shuidheachadh gu h-iseal:

Tàbhachdan a Thaobh Cleachdadh a' Chànain	Gnìomhan-taice
Cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan	Conaltradh/Coinneamhan Poblach
Cleachdadh na Gàidhlig anns an ionad-obrach	Conaltradh Luchd-obrach/Trèanadh Luchd-obrach/Ionnsachadh-cànain Luchd-obrach/Fastadh Luchd-obrach/Sanasachd
Cur air adhart na Gàidhlig anns na meadhanan	Foillseachaidhean/Dàimh Phoblach agus na Meadhanan Foillseachaidhean/Làraichean-lìn
Cur air adhart na Gàidhlig anns na h-ealainean	<i>Tha am PG seo gu h-iomlan ag innse mar a chuireas sinn ris a' phrìomhachas seo.</i>
Cur air adhart na Gàidhlig ann an turasachd, dileab agus cur-seachadan	<i>Tha am PG seo gu h-iomlan ag innse mar a chuireas sinn ris a' phrìomhachas seo.</i>

A thaobh Cur air Adhart na Gàidhlig anns na h-Ealainean, faodaidh GNA cuideachadh cur ri tarraing na Gàidhlig agus dìlseachd don chànan a neartachadh le bhith a' toirt àite do chànan is do chultar na Gàidhlig nuair a tha iad seo gan riochdachadh sa chruinneachadh bhuan agus sna taisbeanaidhean againn. Le bhith a' cleachdadh Gàidhlig anns a' mhìneachadh air saothair iomchaidh, faodaidh sinn an ceangal eadar luchd-labhairt na Gàidhlig an-diugh agus an dileab, an eachdraidh agus a' bhuaidh a bheir an cànan is a' Ghàidhealtachd a shealltainn. Thathar an dòchas gun spreag seo barrachd ùidh san t-saothair-ealain agus sa chànan fhèin, rud a bhrosnaicheas deasbad sa Ghàidhlig agus mun Ghàidhlig agus daoine eile gus barrachd ionnsachadh. Feuchaidh sinn ri dileab na Gàidhlig anns an ealain lèirsinnich a dhìon is a chomharrachadh agus brosnachadh sinn an càirdeas sin airson na h-ùine air thoiseach.

Tha sinn ag aithneachadh gur e an gluasad nàdarra bhon seo a bhith ag àrdachadh àbhaisteachadh na Gàidhlig ann am beatha làitheil le bhith ga cleachdadh ann an co-theacsan eile, chan ann dìreach co-cheangailte ri ealain 'Ghàidhlig'. Mar sin, thairis air beatha a' phlana seo, tha sinn a' gealltainn cleachdadh na Gàidhlig a neartachadh ann an taisbeanaidhean, foillseachaidhean, gnìomhachd-foghlaim is msaa.

Mar bhuidheann aig a bheil àite bunaiteach ann an turasachd, dileab is cur-seachadan, obraichidh GNA gus barrachd follaiseachd airson Gàidhlig is cleachdadh na Gàidhlig a chur air adhart is a bhrosnachadh sna poileasaidhean is sna seirbheisean

againn. Tha GNA mothachail gun toir cur ris an ìre de chànan is de chultar na Gàidhlig a chluinnear is a chithear fiosrachadh ùr a thaobh cultair do luchd-tadhail a thig gu Alba san ùine air thoiseach. Le bhith a' socrachadh na Gàidhlig ann an gnìomhan cultair is cur-seachad, faodaidh i daoine a cheangal is a bhrosnachadh agus iad a' cur ri rud a bhios a' còrdadh riutha. Le bhith a' ceangal na Gàidhlig ri cur-seachadan is fiù fealla-dhà, gabhaidh daoine ris a' chànan le barrachd togarrachd agus bidh iad ga ionnsachadh is ga chleachdadh.

Inbhe a' Chànain

Cur ris an ìre de Ghàidhlig a tha ri fhaicinn is ri chluinntinn, ris an aithneachadh a gheibh i agus a' cruthachadh deagh ìomhaigh airson na Gàidhlig ann am beatha poblach na h-Alba

Tha GNA mothachail gu bheil inbhe a' chànain fo bhuaidh aig an ìre a tha aice anns an àrainneachd làitheil agus an ìre dham bheilear ga chleachdadh, ga luachadh agus ga mheas leis na buidhnean sin aig a bheil buaidh chudromach air ar beatha làitheil.

Faodaidh GNA cuideachadh ris na tàbhachdan gu lèir ceangailte ri Inbhe a' Chànain ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig. Mar a tha gu h-àrd, tha an clàr a leanas a' comharrachadh nan gnìomhan (fo earrann/obair) à Caibideil 4 a chuidicheas ri gach tàbhachd.

Tha an clàr a leanas a' sealltainn mar as urrainn do GNA cuir ris a h-uile prìomhachas a tha a' cuideachadh Inbhe Cànan ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig:

Tàbhachdan a Thaobh Inbhe a' Chànain	Gnìomhan-taice
Ullachadh Plana Gàidhlig	–
Ìomhaigh Dhearbhach a Chruthachadh airson na Gàidhlig	<i>Tha am PG seo gu h-iomlan ag innse mar a chuireas sinn ris a' phrìomhachas seo.</i>
Cur ri Follaiseachd na Gàidhlig	<i>Tha am PG seo gu h-iomlan ag innse mar a chuireas sinn ris a' phrìomhachas seo.</i>

Gus cur ri inbhe na Gàidhlig ann an GNA agus ìomhaigh dhearbhadh den chànan a chur air adhart, nì sinn cinnteach gum bi i mar chuid de mhodh-obrach a' Phlana Chorporra, ga socrachadh ann an ro-innleachd agus a' cruthachadh an t-suidheachaidh airson an eagrachaidh. Nochdaidh seo cuideachd an rùn a tha againn mun phrionnsapal de spèis cho-ionann agus cuidichidh e gus inbhe na Gàidhlig a thogail ann an obair nan Gailearaidhean.

Tha GNA a' cur an taice ri agairt a' Phlana Nàiseanta gu bheil a' Ghàidhlig na cuid de bheatha phoblach na h-Alba an-diugh agus feuchaidh iad ris a' Ghàidhlig a dhèanamh follaiseach a rèir na bhios sinn a' dèanamh, mar a thathar a' mineachadh sa phlana-ghnìomha ann an Caibideil 4.

Corpus a' Chànain

Buntainneachd is seasmhachd na Gàidhlig a neartachadh agus rannsachadh mun chànan a chur air adhart

Tha GNA mothachail air nas urrainn dhaibh a dhèanamh gus co-sheasmhachd, buntainneachd is seasmhachd na Gàidhlig a neartachadh le bhith a' gabhail ri cùmhnanan aithnichte, a' dèanamh cinnteach gu bheil eadar-theangachadh àrd-ìre agus eadar-mhìneachadh ri fhaighinn, agus a' tional fianais de iarrtas is cleachdadh sheirbheisean Gàidhlig.

A thaobh Eadar-theangachadh is Eadar-mhìneachadh Gàidhlig, tha GNA a' gealtainn gun bi eadar-theangachadh sam bith a ghabhar os làimh den ìre as àirde a tha ann, a' cleachdadh eadar-theangairean aig a bheil eòlas air a dhearbhadh air a bhith ag obair le eagrachaidhean san roinn phoblaich agus leis a' bhriathrachas theicneòlach a tha a dhith gus na feumalachdan againn a thoirt a-mach.

Nì GNA cinnteach cuideachd gum bi eadar-theangachaidhean sam bith a rèir Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig. Nuair a bheirear tarraing air ainmean ann an sanasan no ann am foillseachaidhean dà-chànanach, seallaidh GNA air stòr-dàta Ainmean-Àite na h-Alba (AAA) gus an cruth cheart a lorg. Tha sinn cuideachd mothachail gu bheil deagh obair a' dol air adhart gus corpus a' chànain a leasachadh

tro Shabhal Mòr Ostaig agus pròiseactan leithid Tobar an Dualchais, mar eisimpleir. Leanaidh an obair seo a' cur ri tuigse nas domhne den cho-theacsa, iomchaidheachd is cleachdaidh na Gàidhlig, a bharrachd air leasachadh air briathrachas teicnigeach. Bidh GNA a' feuchainn ri dèanamh cinnteach gu bheil adhartas a' tighinn air na raointean sin agus seo ri fhaicinn san obair againn. Le bhith ga dhèanamh, cuiridh GNA cuideachd ris an raon thàbhachdach a thaobh leasachadh litreachaidh, briathrachais agus ainmean-àite.

Tha GNA ag aithneachadh nas urrainn dàta ceart a chuir ri gach raon de ghnìomhachd is leasachadh na Gàidhlig le bhith a' toirt fiosrachaidh do phoileasaidhean is sheirbheisean. Chun na h-ìre sin, gabhaidh sinn os làimh sgrùdaidhean agus rannsachadh eile a dhèanamh le ar luchd-tadhail agus luchd-obrach gus faighinn a-mach dè an seòrsa iarrtas a th' ann airson na Gàidhlig no seirbheisean dà-chànanach, gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air beachdan mun chànan is a cleachdadh taobh a-staigh GNA is msaa. Agus cleachdaidh sinn na co-dhùnaidhean gus prìomhachas a thoirt do ghnìomhachd agus roinneadh ghoireasan. Thèid na sgrùdaidhean sin a chur a-mach gu dà-chànanach, a' nochdadh co-ionannachd spèis don Bheurla is don Ghàidhlig.



6. Cur an Gnìomh is Dearcnachadh

6.1 Clàr-ama

Bidh am Plana Gàidhlig seo an gnìomh gu foirmeil fad 5 bliadhna bhon cheann-latha air an deach aonta fhoirmeil a thoirt don phlana leis a' Bhòrd. Ann an Caibideil 4, tha sinn air cinn-latha sònraichte a shocrachadh airson amasan nuair a tha sinn an dùil rùintean sònraichte a chur an gnìomh.

6.2 Sgaoileadh fiosrachaidh mun Phlana

Thèid Plana Gàidhlig GNA fhoillseachadh anns an dà chànan air an làrach-lìn againn www.nationalgalleries.org. A bharrachd air seo:

- cuiridh sinn brath-naidheachd a-mach mun phlana
- sgaoilidh sinn am plana don luchd-obrach mar phost-dealain, rùn a chèile agus ann an seiseanan-fiosrachaidh
- bheir sinn lethbhric den Phlana do dh'eagrachaidhean Gàidhlig agus do bhuidhnean eile aig a bheil ùidh sa chùis
- bheir sinn lethbhric seachad nuair a thathar gan iarraidh

Thèid plana fios mionaideach airson am plana a chur air bhog agus a thaisbeanadh a leasachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil na prìomh theachdaireachdan soilleir.

6.3 Ullachaidhean-rianachd gus am Plana a Chur an Gnìomh

Is e poileasaidh GNA a tha sa phlana seo agus tha e air a bhith air aontachadh leis an luchd-stiùiridh is le Bòrd nan Urrasairean againn.

Uallach air a' Cheann Thall:

Is e Bòrd nan Urrasairean a bhios an urra ri dèanamh cinnteach gun toir GNA na rùintean sa Phlana seo gu buil.

Luchd-obrach air leth:

Thèid fios a thoirt do luchd-obrach GNA mun Phlana Ghàidhlig ùr tro shanasan luchd-obrach is tro chuairt-litir, coinneamhan roinneil agus mar chuid den t-sreath de sheiseanan-fiosrachaidh airson an luchd-obrach againn. Bidh iomradh air sa chomhairle a bheirear san t-Sealladh Fharsaing Chorporra.

Seirbheisean a bheir treas partaidhean seachad:

Iarraidh GNA sna cunnraidhean àbhaisteach aca airson treas partaidhean a bheir bathar no seirbheisean do na Gailearaidhean a bhith mothachail air na prionnsapalan is rùintean sa Phlana Ghàidhlig agus a bhith gan libhrigeadh barrachd nuair a ghabhas a leithid dèanamh.



6.4 Fiosrachadh do dh'eagrachaidhean eile mun Phlana

Tha GNA air a bhith ag obair le Leabharlann Nàiseanta na h-Alba agus Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba ann a bhith a' cur a' phlana seo ri chèile. Thèid lethbhrìc den phlana mu dheireadh a sgaoileadh thuca seo agus do bhuidhnean eile aig a bheil ùidh sa chùis, Riaghaltas na h-Alba nam measg. Nochdaidh am plana seo air làrach-lìn GNA agus thèid tarraing a thoirt air ann an cunnraidhean agus ann am foillseachaidhean iomchaidh eile, Aithisg Bhliadhnail GNA airson 2012/13 nam measg.

6.5 Goireasan airson a' Phlana

Le gun ach beagan ghoireasan rim faotainn do bhuidhnean poblach, feuchaidh GNA ri dèanamh cinnteach gun tèid beachd a ghabhail air a' Ghàidhlig cho luath is a ghabhas ann an obair-dealbhadh is ann am poileasaidhean gus cosgaisean a chumail cho ìosal is a ghabhas. An-dràsta, is e as coltaiche gur h-e seirbheisean eadar-theangachaidh a bhios sa chuibhreann as motha de na cosgaisean an lùib a' phlana seo. Nì GNA cinnteach gum bi dòigh-dèiligidh a thaobh luach an airgid ann gus prìsean farpaiseach a thoirt gu buil agus aig an aon àm ìre àrd de chàileachd anns an obair againn. Is e as coltaiche gur h-e cosgaisean luchd-obrach an dara cosgais as motha a bhios ann, rud a dh'fheuchas GNA ri cleachdadh gu h-èifeachdach agus cuimse a ghabhail ri libhrigeadh nan rùintean anns a' Phlana seo.

Coimheadaidh sinn airson cothroman a bhith ag obair ann an com-pàirt le buidhnean eile leithid Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba agus Leabharlann Nàiseanta na h-Alba airson goireasan a roinneadh agus co-phròiseactan a thoirt air adhart. Thèid tagraidhean a chur a-steach airson maoineachadh taobh a-muigh far am bi sin comasach gus taic a chumail ri gnìomhachd a libhrigeadh taobh a-staigh a' phlana.

6.6 Dearcnachadh Cur an Gníomh a' Phlana

Thèid aithisg a thoirt air adhartas a rèir a' Phlana gach ràithe do sgioba-stiùiridh GNA agus is e seo a bhios mar bhunait ris an aithisg bhliadhnail do Bhòrd na Gàidhlig. Nuair a dh'fheumar dèanadas a rèir thoraidhean a leasachadh, thèid obair-leasachaidh a chomharrachadh a nì cinnteach gun tèid am plana a libhrigeradh sna còig bliadhnaichean a tha romhainn.

Nochdaidh ceistean ann an sgrùdaidhean luchd-tadhail a dh'fhaighinn a-mach mu mhothachadh, ghabhail ri agus iarrtas air seirbheisean Gàidhlig is seirbheisean ceangailte ri Gàidhlig mar chuid de dhealbhadh nan seirbheisean againn agus den ath-Phlana Ghàidhlig.



7. Fios thugainn

Is e an t-oifigear as àirde dreuchd a tha an urra ri ullachadh, libhrigeadh is dearnachadh Plana Gàidhlig GNA:

Elaine Anderson
Ceannard Dealbhaidh is Dèanadais
Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba
73 Rathad Bhelford
Dùn Èideann
EH4 3DS

Fòn: 0131 624 6284
Post-dealain: eanderson@nationalgalleries.org

Bu chòir ceistean mu obrachadh a' phlana bho latha gu latha a chur gu:

Kathryn Farrell
Oifigear Poileasaidh agus Conaltraidh
Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba
73 Rathad Bhelford
Dùn Èideann
EH4 3DS

Fòn: 0131 624 6473
Post-dealain: kfarrell@nationalgalleries.org

Leasachan: Toraidhean a' Cho-chomhairleachaidh

A1. Sgrùdadh-cànain Luchd-obrach Lùnastal 2010

Fhuair 109 freagairtean bhon luchd-obrach, na mheasgachadh de dh'obraichean seasmhach is sealach agus iad gu math sgapte thar nan roinnean, ged nach biodh a thaobh dhreuchdan. Bha na toraidhean as comharraichte mar a leanas:

- Bha 97 neach (89%) gun tuigse sam bith aca air a' Ghàidhlig, thuig seachdnar abairtean bunaiteach agus triùir còmhraidh simplidh (bha dithis ann nach tug freagairt idir)
- Bha 102 neach nach robh a' bruidhinn Gàidhlig sam bith, bha ceathrar comasach air fàilte shimplidh a chur air càch-a-chèile, bha aon neach a bha comasach air a bhith an sàs ann an còmhraidh simplidh agus aon neach ann an còmhraidh làitheil nan gabhadh e air a shocair (bha aon neach nach tug freagairt idir)
- Bha 90 (83%) ann nach leughadh Gàidhlig, leughadh deichnear beagan fhaclan air sanasan, thuigeadh dithis leabhraichean-cloinne agus aon neach leabhar do dheugairean (bha sianar nach tug freagairt idir)
- Bha 101 (93%) ann nach sgrìobhadh Gàidhlig sam bith, sgrìobhadh triùir beannachdan simplidh agus sgrìobhadh dithis abairtean simplidh le taic bho fhaclair (bha triùir nach tug freagairt)

- Cha robh ach aon bhall den luchd-obrach a dh'fhiosraich luchd-tadhail a thòisich còmhraidh ann an Gàidhlig (seach gu bheil ainm Gàidhlig air an neach-obrach)
- Cha robh neach sam bith ann a bhruidhinn Gàidhlig ri neach air fòn
- Cha robh ach aon eisimpleir de chonaltradh air a sgrìobhadh ann an Gàidhlig a fhuair eadh bho neach
- Cha do sgrìobh neach sam bith a thug freagairt do dhuine ann an Gàidhlig riamh
- Cha tug ach aon bhall den luchd-obrach iomradh air conaltradh (sgrìobhadh no labhairt) ann an Gàidhlig ri luchd-obrach eile ann an GNA no ann an eagrachaidhean eile (air a' chuid as motha dheth, gus mineachadh facail no abairt a shoilleireachadh)
- Bha 28 (26%) a bha ag iarraidh Gàidhlig ionnsachadh no a leasachadh, ach nach robh an cothrom aca a leithid a dhèanamh

Thug toraidhean an sgrùdaidh seo a chreidsinn oirnn gum feumar sa chiad Phlana Ghàidhlig seo cuideam a chur air cur ri comas is mothachadh seach libhrigeadh sheirbheisean agus chaidh am plana-gnìomha againn a chur ri chèile a rèir seo.

A2. Co-chomhairleachadh Poblach – Faoinleach gu Màrt 2011

Fhuair GNA 107 freagairtean air a' cho-chomhairleachadh phoblach gach cuid le sgrùdadh air an Lìon agus conaltradh dìreach.

Chaidh 91 freagairtean a chur a-steach air an Lìon. Dh'iarr sinn air daoine innse an robh iad toilichte leis na rùintean a chuir sinn an cèill a thaobh Ìomhaigh, Conaltraidh, Fhoillseachaidhean agus Ìrean Luchd-obrach. Airson a h-uile gin dhiubh seo, bha eadar 47% is 53% den luchd-fhreagairt toilichte le susbaint a' phlana, no den bheachd nach deach e fada gu leòr. Bha an còrr an ìre mhath leth mar leth eadar an fheadhainn a bha den bheachd gur h-e call thar tomhais de ghoireasan cuibhrigte a bha ann nuair nach eil ann ach beagan fianaise air iarrtas agus gum bu chòir dhuinn dìreach an ìre as lugha a tha dhith a dhèanamh gus gèilleadh ris an reachdas agus an fheadhainn a bha gu dubh an aghaidh a' phrionnsapail taic a chur ris a' Ghàidhlig. Fhuair eadhon mòran bheachdan cuideachail a thaobh gach cuid daingneachadh nan rùintean againn agus a bhith gan lùghdachadh. B' e goireasan/cosgais agus tàbhachdan na h-adhbharan a bu mhotha a thug air daoine a ràdh gun deach am plana againn thar na còrach, agus chaidh moladh a dhèanamh gu tric mun ìre a bha ceart a rèir an luchd-fhreagairt a thaobh libhrigeadh sheirbheisean ann an Gàidhlig. Bha 58% den luchd-fhreagairt den bheachd gun cuireadh na rùintean a thaobh poileasaidh sa phlana taic ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig, ged a bha mòran dhiubh seo an aghaidh a' phlana fhèin agus cha robh seo buntainneach a rèir mòran uime sin.

Fhuair eadhon 16 litrichean is puist-dealain ri linn a' cho-chomhairleachaidh cuideachd. Chuir còig dhiubh sin taic an cèill ri Plana Gàidhlig a bhith ann, bha ceathrar na aghaidh ann am prionnsapal agus bha an còrr na aghaidh a thaobh cosgais, buntainneachd ri obair GNA agus mar sin air adhart (nam measg còignear a nochd mar thoradh dìreach air aithisg le mearachd ann am pàipear-naidheachd gun cosgadh libhrigeadh a' phlana againn còrr is £1m).

Mar thoradh air a' cho-chomhairleachadh, thathar air dreachd ùr a chur air a' Phlana Ghàidhlig againn leis na leasachaidhean a leanas:

- Gnìomhan nas fhollaisiche is nas sònraichte
- Altachadh nas fheàrr eadar gnìomhan agus na tàbhachdan poileasaidh againn is libhrigeadh sheirbheisean a chuidicheas gus libhrigeadh a dhaingneachadh agus cosgaisean a chumail ìseal
- Gearradh sìos air cuid de raointean gus cuideam a chur air libhrigeadh nan gnìomhan as cudromaiche
- Fiosrachadh mu na rùintean againn aig an ìre 's àirde gus a dhèanamh cinnteach gu bheil am plana nas làidire
- Gnìomhan a rèir chosgaisean
- Barrachd cuideim air cur ri comas is mothachadh

Tha aithisg anns a bheil barrachd fiosrachaidh mu thoraidhean a' cho-chomhairleachaidh phoblach ri faotainn le iarrtas bho Kathryn Farrell, Oifigear Poileasaidh agus Conaltraidh (fiosrachadh ann an caibideil 7).

